



# SANDEMAN PUBLIC LIBRARY, PERTH



## REFERENCE DEPARTMENT

This book, which is the property of the Sandeman Public Library, must be returned to its appropriate place on the shelves, or, if received from the issue counter, handed back to the Librarian-in-charge.

IT MUST NOT BE REMOVED FROM THE REFERENCE DEPARTMENT, unless prior permission has been given by the Librarian-in-charge.

READERS ARE REQUESTED TO TAKE CARE OF LIBRARY BOOKS. Writing or drawing with pen or pencil on any part of a book, or turning down the leaves, or cutting or mutilating them, will be treated as serious damage. Tracing is not permitted, and readers taking notes must not use ink or place the paper on which they are writing on the book.

Conversation in the Reference Department is irritating to other readers and is not permitted.

Class:

891.631


Accession No:


30740

ABS. I. 203.001

SANDEMAN LIBRARY  
PERTH







# ÓRAIN NUADH

*GHAIDHLEACH,*

L E

AONGHAS CAIMBEUL.

---

An-t'orantaich sunntach ceolmor,  
Dh'fhogras bron 's a dhuisges fonn,  
Choireas solas agus suilbheireachd  
'Sa chriodh thuirseach throm.

---

SANDS LIBRARY  
PERTH

Clodh-bhuailt' ann DUN-EIDIN,  
LE R. FLEMING, AIR SON A'N UGHDAIR.

891.631

01358 30740

1991 C. S.  
0  
1992 1993  
2002  
2003  
2004

# AN C L A R.

Oran Bruadar,	1
Luinneag na Oran Gaoil,	5
Cumhadh do Fhear Achaladair,	9
Luinneag, ann 's a bheil Fear agus Bean fregairt a cheile,	16
Oran Gaoil,	21
Molaidh do Dhonnacha Mac-Dhiarmaid,	25
Moladh do Riobhain uasail arait	28
Oran eidar Fiodair, agus a Bheairst,	33
Oran Molaidh do cheannaiche arrait	36
Oran Sugraidh do dhithis Ingheana,	38
Oran gaoil an ainm Dhonuil Mhic-Chalum	43
Cumhadh a rinneadh le Oig-fhear araid d'a Leannan,	46
Mio-Mholadh do'n Mhisg,	50
Moladh do mhnaoi uasail, an eiric Triuthas Cadda,	53
Aoithre nan Luch,	57
Moladh do Bhan-tighearna Mheilbheairt,	60
Cumhadh Iarla Bhraidealban,	67
Oran Gaoil a rinneadh le Fiodair do Rio- bhain oig,	71
Oran do Theasach a Ghaoil,	75
Oran Molaidh do ghruagaich oig	79
Oran molaidh do Eobhan Camashron muillair-lin	82

Moladh do Cholla Mac-Griogair,	86
Oran eidir Fleasgach agus gruagach	89
Oran do'n ghruagaich cheudna, leis an Fleasgach,	93
Moladh do mhnaoi uasail arait,	95
Moladh do Fhleasgach ann a eiric Biodaig,	99
Molaidh do Ian Mac-an-t-faoir Maigh-isdir-sgoile Mhoir-innis	104
Maladh do Dhonnacha Taileir,	108
Marbh-rann do Dhonnacha Mac-gildhuin	111
OranLuaigh, an eiric Bata, Biodaig, agus Daig	115
Molaidh do Ian Mac-a-Phearsain,	118
Moladh do Ningein arait	123
Moladh do Ian Mac-challum, saor-chuileachian,	127
Caifmeachd do luchd nam Breug,	130
Cumhadh do Nionagan, na h-àiridh,	132
Moladh nan Gabhnain	134
Moladh do Ian Caimbeul,	137
Oran do cheilidh,	140
Cumhadh le Fleasgach, do Riobhain oig	143
Oran do Fhleasgach arait, air dha bhi dol as Phosadh,	146
Oran eadar Pòit-fhear, agus a Bhean,	149
Luinneag a Bhotal,	154
Oran air a Peiòb,	157

---

# O R A I N

---

## GHAIDHEALACH.

---

### O R A N     I.

*Oran Bruadar. Air fonn Katharine Ogie.*

A N dêigh dhamh-sa tuiteam thairis,  
An' in' chadul mar bu còir,  
Thanuig riobhain an fhuilt chleachdaich,  
Chun mo leabach chum mo phògadh;  
Luidh mi sios gu soitheamh, siobhailt',  
Leis a nionaig bhoidhich;  
O ! fann agamsa bha 'n t suain,  
A bruadar air an og-mhnaoi.

A.

'N 'ar chuimhnich mi nach rabh i agam,  
 Dh' fhairich mi le hea-tromas ;  
 Thanaig truime air mo chriodhe,  
 'S chrithich mi fui' m' eudach ;  
 Chuaidh thu eidir mi 's mo chadul,  
 Aig na gabh mi ghaol ort ;  
 Dh' fhag thu m' aigne tròm fui' airfneal,  
 'S mi ga m' acain daonnan.

Och ! na 'm faicinn fathaist thu,  
 Gu labhairt riut san aodann,  
 'S dearbh gum bithinn caoineal riut,  
 'S gu 'm foillsichinn mo ghaol duit ;  
 Sud i mhaighdionn rinn mo mhealla,  
 Dh' fhag mo chadul eatrom ;  
 Och ! cha dual dhamh fein bhi suas deth  
 Na bhi buan as t eugmhais.

Gach aon uair a thêid mi luidhe,  
 Ruidhidh fras is deoir orm ;  
 Stric mi t fhaicfin an mo chadul  
 Ainnir na 'n ciabh boidheach.  
 Struagh nach d' fhuair mi le toil cléir thu,  
 Is thu fhein bhi deòineach,  
 Gun fhacal bréige b' ait leam fhê in  
 Bhi 'g eisteachd riut a d' sheomar.

Chunnaic mi 'n raoir bruadar  
 A dh'f hag fuidh smuairean m' aogas,  
 A' m' shìneadh air mo chluasaig  
 Cha rabh mo shuain ro ea-trom,  
 Bi sud a mhaighdionn shuairce,  
 'S a gruaidh co-dearg 's an caoran,  
 Do dha shùil mheallach fu' d' chaol-mhalaidh  
 Slios co-geall re f haoilinn.

Dh' f hag thu m' intinn muladach  
 'N diu mo chra' ga d' chaoineadh,  
 S mor a ghabh mi smuairean,  
 Nach d' f huair mi thu mar shaoil mi,  
 Dh'iarr me shios, a's shuas dhamh,  
 'S cha d' f huair mi ann bean taogas;  
 Ochain ! pill agus gabh truas dhiom,  
 S fuasgail-sa o'n aog mi.

Struagh gun agam bàtadh dionach,  
 'S ceartear dheanadh seola,  
 Stiùrainnse an nun an linneadh  
 Th' eidir mi 's tu 'n comhnuidh?  
 Chionn gn 'n tionnda' tu le coimhneas,  
 Shnamhain oidhche reota,  
 Dheanain samhradh, dh'f huachd a gheamh-  
     raidh,  
 Chionn gu bi tu deoineach.

Bheirinn còmhairle air òig-fhear,  
 Gun bhi gòrach ea-trom,  
 Gun a spéis thoirt a dh'òigh,  
 Gun feòl aig air a faotuinn ;  
 E thoirt aire gach aon latha  
 Nach buin saighid ghaoil da ;  
 Oir dh'fhag i mise loitè a m'chriodhe  
 'S cha toir lighich faòch dhamh.

Ma 's e do mhiann bhi air an t slighe,  
 'N dean thu ise fhaotuinn,  
 Féuch an gaoid thu 'n criodh a còm,  
 Mu'n tuit thu trom ann gaol oirr',  
 Oir bith aice leánnan falaich,  
 Ann am baile h éigin  
 'S mo blios tuffa air do charadh  
 'S aithreach leat do shaothair.

Tha mulad orm gu n chaill mi mhaidionn  
 Dh'fhag o 'n raoir fuidh bhròn mi,  
 Bhruadar mis' oirre a' m' chadul  
 I bhi tabhairt pòig dhamh ;  
 Bi sud a phòg bu mhilse  
 Na mil a cìr ga hòl leam,  
 Bha gach guth mar thèuda fidh'  
 O n' bhéul bu bhinne còmhradh.

Struagh gun dh'fhag thu mi ga m' sharach,  
 'S mi gac lo ga d' chaoineadh,  
 Dh'fhag thu agam criodhe briste  
 Mi bhi 'nois as t aonais ;  
 Ach togaidh mi nois suas mo mhifneach,  
 'S ni mi gliocas f hoghlam,  
 Cha 'n f haicear tuille mi fu' mhulad ;  
 Sguiridh mi ga d' chaoineadh-

---

### LUINNEAG No Oran Ghaoil. II.

*Air fonn.* O ho ninghean, iri ninghean,  
 O ho ninghean chinn duinn aluinn,  
 Mo ghaol cailin dhonn na buaile,  
 Sann a tha mo luaidh san aridh.

**T**HOIR mo shoraidh, a's mo bheannachd  
 Dh'fhios ag leannain bheil mo ghradhi-  
 fa ;  
 'S innis gu bheil mi fui' smuairean,  
 O' na chuaidh me suas do'n bhraighe,  
 O ho ninghean, &c.

Ge d' a tha mi 'n fo a m' shìneadh  
 Bè mo nhian-fa bhi fa bhraighe,  
 Far am faighinn luidhe sinnte  
 Ris an riobhain mar a b'aill leam.

O ho ninghean, &c.

Tha mo ghruagach ruim fuidh ghruaim,  
 Mu'n tuaireasgal fo h' oirn an drasta,  
 Is duilich leam gun d'f has thu fuar  
 'S each a bhi ga d' luaidh gach la rium

O ho ninghean, &c.

'Stric mi daonnan 'g amharc suas uam.  
 Ris no bruachaibh 'n d' fhuardas m' arach,  
 Far am b'abhaist duinn bhi sugradh  
 Ge d' a chuir thu cul an draft' rium.

O ho ninghean &c.

Dèud mar chailc a' d' bhèulan daite,  
 mar an eala gheal do bhràgad  
 Leam bu mhìlse pòg o 'n rìobhain  
 No na fiòguisín fui' m' chàirean.

O ho ninghean &c

Is snaasmhior, buaghach glan an cuilean,  
 Dh'fhàs mar ghruaig ort, suas mu d' bhràighe  
 Na huile ciabh air sñiomh man cuairt  
 Gubachlach, dualach, cùachach, fainneach.

O ho ninghean &c.

Tha do mhuineal bian-gheal, boidheach,  
 Mar a neònain air an f hàsfach,  
 Cìochan corrach, liontach, soluis.  
 Air a bhrollach 's ro-níhaith dearsa.

O ho ninghean &c.

Bèul na firinn làbhras siobhailt'  
 Da shuìl mhìogach 's iad ro-nàrach,  
 Cneás mar f haciliunn, gruaidh mar chaoian,  
 Mala chaol fui' h aodan màlta.

O ho ninghean &c.

Chuidh mi uair, le togradh suairce,  
 Shealltuinn gruagaich suas do'n bhràighe,  
 'S thog iad oirn air feadh na dùthcha  
 Gun rabh mi 's tu 'n cùil ri falrusg.

O ho ninghean &c.

Ach mìle màrbhaisg air na brèugan,  
 'S mor a leibh iad ruinn an dràst dhiubh  
 Ge d' a dhianainn mar bha dúil ac',  
 B' urra sinn an tùl' a phaighe.

O ho ninghean &c.

Ach mo chailin gabh-sa truas dhiom,  
 Pill gu luadñ rium is na fag mi ;  
 Is air a mhaid 's ga 'n can an fluagh  
 Biodh sinn cluáineas mar a b' àbhaist.

O ho ninghean &c.

Gar am pill thu gu là-luain rium,  
 Ge nach triuadh leat bhi ga m' áichsheun,  
 Gus an càirear ann san uaigh mi  
 Cheidh cha toir mi suadh, ach gràdh dhuit.

O ho ninghean &c.

Be mo mhiann-sa bhi re cluaineais  
 Ma ri m' ghruagaich ann sa bhràighe,  
 Gheibhinn cadal 's plaid' air in' uachdar  
 'N achlais guanaig dhuinn na h-araidh.

O ho ninghean &c.

San thug mise an gaol falaich  
 Dhuit san latha chuaidh mi 'n bhràighe,  
 'S mor gu b' fhearr dhamh a' bhi m' chadul  
 Ge nach faireachainn gu bràth as.

O ho ninghean &c.

Truagh nach 'eil mi 'n ciste dhùinnte  
 Ann fan tìr an dèigh 's mo charamh,  
 Far nach chuinnin bhi ga d' phusadh  
 Re fear eile, 's tu ga m' fhàgail.

O ho ninghean &c.

S truagh nach deach mi fad as m' còlas  
 Mu 'n d' tug mi co òg mo ghradh dhuit.  
 B' fhearr gum fagainnis' an Roin-eorp  
 Gun teachid a dh' innfeadh sgeòil do m chair-  
 dibh,

O ho ninghean &c.

Ge do lèibhinn dhuibh gach cruaigh-chas  
 Fhuair mi on a bhá mi m pháiste,  
 Air leam fhein nach 'eil ni 's truaighe  
 Na gaol a thoirt is suadh ga pháigh.

## L U I N N E A G

O ho ningehean, iri ninghean,  
 O ho ninghean chinn duinn aluinn,  
 Mo ghaol cailín dhonn na buaile,  
 'S ann a tha mo luaidh san áridh,

---

## CUMHADH do FHEAR ACHALADUIR

*Air dha-bhi air thuras as a dhuthaich, a dhiobh-  
 ail a Shlainte      Air fonn marbhrainn-  
 Mhic-ic-ailean.*

**S**MOR mo mhio-chion 's mo mhulad,  
 Tha mi sgí cuir re tuire,  
 Mo chriodh tinn, 's maigne dubhach,  
 Agus m' inntinn fui' thruime,  
 O' na dh'fhalbh an laoch urr'mach  
 A h Albain air thuras,  
 Tha do chairdean dheth doilich,  
 Sud a dh' f hág iad gun fulas.

B

'S mor an cáldach è dhuinne  
 Do bhi thall baile Luàndainn,  
 Tha Braidealban fui' ùireasbhuidh 'd dhi.

Tha Braidealban fui' ùireasbhuidh 'd dhi.

'S truagh an sgeuleadh re rádh  
 'S cruaigh rá leubdhadh e 'n drásta  
 An dùthaich bhi gun áird 'oírr',  
 'O na dh' fhalbh an tì ágh-mhor  
 Dh' iarraidh a shlainte ;  
 Sgeul b' ait leam a chláisdin,  
 Mu'n tig madaínn a máithreach  
 Thu dh' fhaotuinn na chaill thu,  
 'S e mo ghuidhe gach là dhuit  
 Gu 'n seòladh an t ARD RI  
 Thugainn dha-thigh gu fâbhalt thu ris.

Thugainn &c.

Tha do Bhan-tighearna phosda  
 Gun aidhear, gun fôlas,  
 Gun toil-intinn an ceôl aic,  
 Ach a criodhe neò chômhnard,  
 I 'g acain an còmhnuidh,  
 Thu bhi fadda as t eôlas,  
 Gur bliaghna gach lô leatha,  
 'O na dh'imich thu 'n tòs uaip

As t eugmhais cha bheô dhi,  
 'S môr âdhbhar a brôin dheth,  
 'S fear sheasamh a côrach gu tinn.  
 'S fear &c.

Do thalla túr-geal, ro-àobhach,  
 'M faighte mùirn agus meaghna,  
 Tha e noise gun ghreadhna,  
 Gun cheól, gun aithear, gun aoibhneas,  
 Tha' brón air do theaghlach  
 Le bhi 'n comhnidh as téugmhais  
 Tha do ghineil gach oidhc,  
 Agus lò ga d' shior chaoineadh,  
 'S mór an leith-fgeul, 's an âdhbhar,  
 'S gur tu 'n ard chean-na-feana,  
 Rinn an ârach 's a 'm faoghlam am pris.  
 Rinn &c.

'S truagh leam gâirich do thuadha  
 'S aid mar chaoraich gun bhuaachaill,  
 Gun fhear gléite mun cuairt dhoibh,  
 Sior éibh'ch bhi gun uachdaran,  
 Iad fa mhéilich mar uain,  
 An deigh a mathar thoirt uatha  
 Ge do léubh iad an cruai-chas,  
 Co ni t âit' sheasamh suas dhoibh,

'S gur tu b' âbhaist am fuasgladh  
 As gach gàbhadh, is crualal  
 'S tu chofnadh dhoibh buaidh air gach nî  
 Stu chofnadh &c.

'S tu 'n t uachdaran cliúiteach,  
 'S tu riaghailt na dûthcha,  
 'S tu fosgladh is dûnadadh,  
 Gach gnothaich is fiú ann,  
 Ge b' ê leigeadh gu d' rún é,  
 'S tu nach diobradh 's nach diúltadh,  
 Ann àm fuidhe na cùirte  
 'S i do bhreith bhiodh an túis ann,  
 'S mi nach gabhadh bonn cúram  
 Gu 'n cosnadh iad cùis orm,  
 'S fear Achaladair leam chum mo dhion.  
 'S fear &c.

Fhir a labhras gu seòlta,  
 'S deas focal do bheóilse,  
 Agad raoghainn gach fóghlaim,  
 Agus dh'ionnsaich thu óg ê,  
 Ann an cùisinibh mòra  
 'Stu b' urrain ar seóla  
 'S ga 'n cuir ann an òrdamh,  
 Bu neo-clearabach do chómhradh

Dol a steach an tigh-mhóid duit  
 Chum cathair-na-córach  
 'S tu chumadh a chòir ris gach ti  
 'S tu &c,

'S mòr air 'n ionndrain gach lò ort,  
 O' na fhuair thu do leònadh,  
 Bha do thruacantas mòr  
 Ris gach truaghan an comhnuidh,  
 'S tu gu cruadalaich feolta,  
 Mar bu dual duít o t-seorta  
 Gun uabhar, gun mhòrchuis,  
 Ach gu h-iorasal òigheail  
 'S beag an t iøngn' thu bhi coir  
 'S tu shiòl nan stoc òirdheire,  
 Iarla Bhealaich na 'n fròl is nam piob  
 Iarla Bhealaich &c.

Fhir na misniche laidir,  
 Dh' fhàs gu h iorasal baigheal,  
 Bha thu caoineal re d' chàirdibh,  
 'S tu nach diobradh gu bràth iad,  
 Dol am fradharc do nàmhaid  
 Bhidh taghaidh neo-sgàthach  
 'S mairg t eascair a thàrladh  
 Dol a steach re h uchd blar ort,

Le d' lanna thana, gheir strilin,  
 'M fad sa sheachna am bàs thu  
 Dheanta' sgathadh gu blàr leatsa sios.  
 Dheanta &c.

Ge b' è thigeadh le barracas,  
 'S a dh' f heucha dhuit aghaidh fheargach,  
 'S maирg a ghabhadh ris farmad,  
 Cha 'n f hèumadh è bhi gun armait,  
 'S lionar Caimbeulach calma  
 Dh' èireadh leat gu neo chearbach,  
 Rachadh grad na 'n cuid armachd,  
 Bhuaileadh speac, dheana marbha'  
 Thigeadh leat an Duic Earragh'lach,  
 Agus Iarla Bhraidealban,  
 Le 'n scip thrèin, fuidh 'n län armachd gu d'  
 Le 'n scip &c. (dhìon

Nam bu bheo-cholainn f heòlmhor  
 A dheanadh do leonadh  
 'S lionar tì bhitheadh an toir air,  
 Adhioladh tu deonach,  
 'Sa liuthead fear mòrdha,  
 Thig a sheasamh do chorach  
 Dheana' Camashronaich dortadh  
 Leat a steach o Shrath-lochaidh,

Co gharg ris an leòghan  
 Guineach, neimheil gu streòiceadh,  
 'S bhiodh fuil nainhde ga dortadh leo sios.  
 'S bhiodh &c.

Cha 'n eil mife an am bheo'laich,  
 'S cha 'n fhiù am fear sgeoil mi,  
 Cha dean m'innleachd 's mo sheòltachd,  
 No teanga mo bheoilse,  
 Co-maith is bu choir dhàmh  
 Gach dream a bha t seorta  
 Dh' èireadh díleas a d' chomhghna  
 Choidh' chuir ann an órdamh  
 Cha bli mí umpa còmhra:  
 Ach criochnaicheam t óran,  
 O nach èol dhamh air choir an cuir sios.  
 O nach &c.

Ach fhìr a sheafamh na corach,  
 Cha do chuir thu riamh dochas,  
 Ann eucoir, no 'm fairneart,  
 Cha bu bhèusan leat dò-bheart,  
 'San a chonbha tu coir  
 Ris gach fèumach an comhnidh,  
 'Nuair a dh' eibhear nach beo thu,  
 Sa chaochlas an deo uait,

'S àdbhar eagaill do mhoran,  
 Mur bidh tanamfa 'n fòlas,  
 Ann am flaitheas na gloir aig an Ri.

Ann am &c.

---

### LUINNEAG, IV.

*Ann's a bheil Fear, agus Bean aig freagairt  
 a cheile; ar do 'n fhear bhi anti air falbh le  
 mnaoi choimhich agus a bhean fein fh'agail.*

Air fonn

I ri ri, is o raill o  
 Raill och o, raill o  
 Och o ro, is o raill o  
 'S i 'n eallach throm am pòsadh.

*Fear.* **G**UR i bean a chuaileain rèidh  
 Dàn d' tug mi 'n gaol, 's nach d'  
 f heud mi threig  
 'S ge nach d' fhuair mi thu dhamh fèin  
 Gu bheil mi 'n dèidh ro-mhor ort.  
 I ri ri, is o raill o &c.

*Ge d' tha fear agad air do thaobh.  
 'S mise is te eile maraon*

Dh' aindeon na bheil beò san t faoghal,  
Nam fedainn bhi-mid comhlà.

I ri ri &c.

Ge d' tha buarach oirn le chéil,  
Snaim nach fuasgal ach an t èug  
Shiubhlain leat gu cùl na grein,  
Is threigin mo bhean phòsda.

I ri ri &c.

*Bhean.* Na 'm fagadh tusa do bhean fhèin  
Theireadh càch gu 'm b' olc do bheus  
S mór a tha thu dhiobhail ceil'

Na'r biodh thu fhein co-ghòrach.

I ri ri &c.

*F.* Dh' fhagain bànan maruidh cloinn,  
'S iad na 'n luidhe taobh re taobh,  
Dh'fhalbhain leat air feadh na h oidhche,  
Ghaoil, na 'm bídh tu deoineach.

I ri ri &c.

*B.* Am b' àill leat mise bhi co-baoth  
'S gu 'm falbhain leats' air feadh na h oidhche',  
B' ionnan 's dol a ruidh na gacith',  
G 'um b' fhaoin a bhariail dhomhs' è,

I ri ri &c.

*F.* Shiubhlain muir, is monadh, is fraoch,  
 Stiúrain leat air feadh an t saoghal,  
 Sgaoilin duit mo bhreacan caol,  
 Ge d' bhi'dh an oidhche reoit' ann.

I ri ri &c.

*B.* Ge do bhithinn-se a' d' réir  
 'S cheart inntin bheil thu fèin,  
 B' ádhbhar eagaill duinn le cheil  
 Bhi 'n cunntart péin, is dòrainn.

I ri ri &c.

*F.* Chuirinn làmh suidh chul do chìnn,  
 'S mo lamh eile air do chích,  
 'S ghuīdhinn seachduin bhi san oidhche  
 'S mi gu dian a' d' phògadh.

I ri ri &c.

*B.* Bheirinn comhairl ort le céill  
 Biodh toilichte le d' chuibhrinn f'hèin,  
 'S na toir spèis a dh' oigh na bhreid-ich  
 Ach do 'n té chuaidh ordach dhuit.

I ri ri &c.

*F.* Nach cual thu Daibhi 'm faidh g'eur,  
 Ga h iomadh bean òg bh' aige fhèin,

Thiondadhl chriodhe blà na chrèabhaig  
Re Bathsheba bhòidhich,

I ri ri &c.

B. Dearc, is beachdaich thusa gèur,  
Air an eachdraidh th'ann a d' bhèul  
'S faic a misneach dhuit, 'nar lèubhas  
Tu; mar dh'èirich dhofan.

I ri ri &c.

F. 'S misneach è do neach fuidh 'n Ghrèin,  
Aon bu cionntaich' no fein  
Bhi niu co dealrach ris na reulta,  
'N duthaich eibhin Ghloirmhoir.

I ri ri &c.

B. Ghabh eis 'n t achafan le taing,  
Thug am faidh dhá gu teann,  
'S fhuair è aithreachas na am  
A thiondaidh è gu tràcair.

I ri ri &c.

F. Nach sunntaçh dhuinné mar a cèadn',  
Beagan sùgraiddh thoir da'r crè,  
Ann an cùil ann so lein f'hèin,  
Cha lèir do neach tha beò sinn.

I ri ri &c.

B. Ghabh Dàibhi 'n fùgradh sin da fein  
 Ach 's goirt a dhruidh è air na dhéidh,  
 Bha chriodhe brùit', 'sa shùil fui dhéur  
 An cian bu rè, 's bu bheò dha.

I ri ri &c.

F. Na 'm pilleadh iad aris na dh' èug,  
 'S gu 'n tugadh niu, dhachaidh 'n dè  
 Shaolin fhein gu 'm bithinn réith 's tu  
 Dh'aindheoin Cléir is Stòilidh

I ri ri &c.

B. 'S muladach a chàint tha d' bheul.  
 'S duilich leam thu bhi gun cheill,  
 'S cuntartach a ni dhuit fein  
 Mur ceusfar leat an fheòil sin.

I ri ri, is o raill o,  
 Raill och o, raill o ;  
 Och o ro, is o raill o,  
 'Si 'n eallach throm am posadh

## ORAN GAOIL. V.

Air fonn. For the sake of Gold she has left me.

**S**E dhùisg co-grad a'm shuain mi  
 Bhiodh bruadar bho 'n raoir,  
 Cha chodal damh, ach smuainteach,  
 Mar dh' fhuardach an gaol,  
 O' rioghain donn, na'n dual,  
 Na toir fuadh dhamh gun ädh'b'r,  
 Ach tiomaich is gabh truas dhiom,  
 Biodh suarice, agus caoin.

Ciod è so rinn mi dh'eacoir  
 N' ar threigeadh tu mi,  
 Cha tugainse dhuit beum  
 Cha 'n 'eil t eugais à's tìr,  
 Cha chreidinn ort droch sgeul,  
 Cha bu leir leam ach i !  
 'S ga d' eibheadh iad breug ort,  
 Cha 'n eisdinnse rì.

Ge bu leams' an Ròinn-Eorpa  
 'S na bheil do stòras ìnn,  
 Ge d' fh'aighinnse o Dheòrsa  
 Làn-choir air an rìoghachd

Ge b' oighre air diùc mi  
 'S ge d' chràinte mi m' Riogh  
 Stu dheanainnse phùsadhl,  
 Mur diùltadh tu mi.

'S é dh' fhàg mi niu fuidh bhruaidlean,  
 Fu' smuairnean, 's fu' phràmh,  
 An gaol a thug mi 'n ghruagaich,  
 Is fuadh bhi ga chionn  
 Mu bheir' fear eile uam thu  
 'S nach truagh leat-fa mi  
 O! b' fhearr, bhiodh san uaigh  
 Gu la-luain, na bhi d' dhì.

Thugas gaol do 'n og mhnaoi  
 Is boidhch' tha fu' 'n ghrein,  
 Dà ghruaidh mar na ròsan,  
 Mar neonain do dheud,  
 Shiùbhlain leat a' d' chòtadh  
 'N Roinn-Eorpa gu leir,  
 B' fhearr na oighreachd Dheorsa,  
 Deadh chòir ort o 'n chleir.

O! mhaighdiinn 'gabh-fa truas dhiom  
 'S mi 'n cruachàs ro-mhòr  
 Ochain! pill re luadh's riùm,  
 Mu 'm buaintear dhamh fòid

'S è mheud fa f huair thu m' ghaol  
 Chuir an aois mi co-mòr,  
 Tha mulad orm cha 'n fheud mi  
 As t eugmhais bhi beò.

Mo Lili thu gun mhòr-chuis,  
 'S tú is boidhche na cùch,  
 Do chùl cannach òrbhuidh,  
 'S fiadh òir air gu bhàr,  
 Mo ghaols' an riobhainn òg,  
 Dh 'fhàs gu comhraiteach blà,  
 Na 'n gealladh tu mo phòs'  
 Bheirteadh beo mi o 'n bhàs.

'S tu chuir co fada 'n aois mi,  
 'S a chaochail air m' oig ;  
 'S leir a bhlà air m' àodann  
 Bhi daonan fuidh bhron,  
 Ghiorraich thu mo shaoghal  
 'S cha 'n f heud mi bhi beo,  
 B' f hearr mun d' thugas gaol duit  
 Bhiodh 'n caol-chiste bhórd.

Ach air leam f hein gur gorach  
 Do oig f hear a ni  
 Ghaol uile thoirt do oig-mhnaoi  
 Air bhoidhchi'd 's ga 'm bìdh ;

Ge ðo bhiodh i ciùn riut,  
 Cum dùinte do chriodh,  
 B' fhearr gun thu chuir dùil innit  
 Mur lùibte leat i.

Tha m' aigne trom gun eibhneas,  
 'S mo chreuchdan fuidh leon,  
 Mo chriodhe cha dean êiridh  
 Ge d' eisd mi re cèòl ;  
 Mar fhaidh mi geall' air t fhaotuinn,  
 'S mi a' d' chaoineadh gach lò  
 Cha tabhair mi re m' shaoghal  
 Mo ghaol do mhnaoi óig.

Mo thruaighe ! mi ga d' chaoineadh  
 'S nach taobha' tu mi,  
 Bu ghòrach mi thug gaó! duit  
 'S gum faodainn bhi d' dhìth ;  
 C' n tha mi gun storas  
 Cha leoir leatfa mi  
 Ach 's eiginn dhamh bhi beò,  
 Ge nach pòs thu mi chaoidh.

## ORAN. VI.

*Molaibh do Dhonnacha Mac-Dhiarmaid,*

*Air fonn, Iorram na truaighe,*

THA mulad ga m' lìonadh,

Tha truimme air m' íntinn gach uair,  
Mu m' Chompanach riomhach

Tha 'n drafta air tì a thoirt uainn ;

'S è dh' f hag lot ann a m' chriodhe,  
Agus snithe gu dian air mo gruaidh,  
Do bhi ságail nan ríoghachd,  
Gun dochas thu philltin ra luaths.

'S è bhi d' chuirse a 'd dhùthlaich,

Dh' f hag do Chairdean neo-shunntach a d'

'S è thug snitheadh o 'n súilibh, (dhèidh

Dh' f hag criodheachan brúit ann nan crè ;

Bhi ga d' fhògradh, is ga d' stiúradh

Gu Cogadh a nún air muir threin,

Cha bhiodh an trioblaid ni 's mù,

Bhi ga d' cháramh san ùir leis an Eug.

Tha do phàranta brònach

Is iad ro-chráiteach an comhnuidh mu d'

Gus am pill thu do tèolas, (ghèibh' n

Bi truimme gach lò air an cèum,

So 'n iomairt a leön iad,  
 Thâ ga 'n iomain gu foid, is gu h èug;  
 Thain' an triobloidean comhlà',  
 Bidh fo bhliaghna gun fólas dhoibh fein.

'S truagh leam caoì do chuid Bráithi eana  
 'S do phearaichin àluinn ad' dhì,  
 Tha do mhàthair co-chràiteach,  
 'S ge do bhidh i ga d' chàramh fa Chill.  
 'S è do thriallfa 'n dràst' uaipe  
 A liath i fa chràdh i na cri,  
 Gun fhios am pill thu gu brâte ri,  
 Na 'm faic i thu sàbhalt aris.

'S beag an t iongna mar thà iad  
 Bu tu 'm fiùran 's an t àileagan grinn ;  
 Gun chronn cumaidh ri àireamh,  
 O d' mhullach gu sàltibh do bhuinn ;  
 'S iomadh gille glan àluinn,  
 Rinn an iomairt fo 'n drasta' thoirt dhinn ;  
 Fhuair thu 'n turram air àilteachd  
 Thair na chruinnich air sraid-dhiu 'n Cill-fhìnn.

Bu tu 'm Firean neo-locail,  
 Ga 'n rabh an intinn dh' f hàs socdrach an  
 Do bhèul siòbhalta, tosdach, (cèill,  
 Nach canadh fuar f hocal na bêum

‘S i do ghnùis bu glan loiseadh,  
 Mar ubhal an dosaibh na ‘n gèug,  
 Calp’ is grinn thêid an ofan,  
 Troigh is cuimir a choisicheas fèur.

Slios mar chanach an t shlèibhe  
 Gur gil’ thu na ‘n Eiteag fa chuan.  
 Bu mhòr nàir agus bèufan,  
 ‘N fhìr tha ‘n dràsta an dèidh a thoirt uainn  
 ‘S’ iomadh òganach trèin  
 Ghabh a chead dhinn, ‘s da b’ èigin bhi  
 Cha rabh coimeas dhuit fèin (gluas‘d,  
 Ann, s’ na dhimich gu léir uainn do shluadh.

Bu tu raogha ‘n fhir-chéirde,  
 Air do thagh’ ann ‘s gach àite mun cuairt,  
 Tha gach tèaghilach ‘m bu ghnà leat  
 Bhi ; daonnan ga d’ t iondraichean uath,  
 ‘S ann a d’ làimh nàch rabh ‘m fàilne,  
 Nuair chuireadh tu fáinn oirr do ‘n chruaidh,  
 Fhuair thu ‘n turram thar chàch,  
 Ann ‘s gach ionad’ a b’ àbhaist dhuit suaign’l.

O ‘n a chuaidh tu as t eolas  
 ‘S gu ‘n deachaidh do sheòl as an riogh‘chd,  
 Glac misneach an còmhnaidh,  
 Agus coi-lion do bhòidean do ‘n Ri,

Cuir do dhóchas gach latha  
 Ann fan Ti tha laidir gu d' dhion,  
 Theagamh 'n stiùradh an t ard Ri,  
 Thngainn dha-thigh gu sàbhalt thu rìs.

Leam is deireasach, cràiteach,  
 Mar a tha iad an dràsta ag inns'  
 Gur e America 'n t àite,  
 Ann 's am fèumail do 'r cairdibh dol tìr,  
 Ach mo dh' fhalbh sibh air sàile,  
 Le h ôrdamh ro-làidir o 'n Ri.  
 Guidheam fhèin leibh buaidh làthrach  
 Ann 's gach ionad, à's àit ann s' am bì.

## ORAN. VII.

*Molaidh do riobhain uasail arrait.*

*Air fonn, Mhari mhin, dheilich mi,*  
*'S tu fan tir fadda thàll.*

**B**EIR an t soruidh fo uam sios  
 Chum na h ìonaig tha 'n Tua' thir,  
 Stric mi smuainteacha leam fhèin  
 Air an riòbhainn ghlain shuairc

‘S i ‘s banail ‘s is siobhailt’,  
 Tha ‘s tìr so man cuairt,  
 ‘S mor am beannach’ dh’ aon tì  
 Gheibh le sióchadh leat gluas’d.

Chuir do ghniomhartha le cèill,  
 Le d’ dheadh-théusan s’ gach uair,  
 Do dheadh-chliù anns’ gach bèul  
 Cuir an géill do bhi suairec ;  
 Ainnir chéutach na faoileachd,  
 Gun ghéur fhocal, fuar,  
 ‘S tearc ri fhaotain bean tèugnhaic  
 Gu leir a measg fluaigh.

Bean is criodhaile guth beòil,  
 Tha i boidheach, is i grinn  
 ‘S deas a thig do ‘n riobhainn brògan,  
 Do ‘n bhò-leathar mhìn  
 Mar an Eala air ‘n t fnamh,  
 Corrach, làn, do dha chìch  
 Dèud gheal bhàn, mar an cnaiï  
 ‘N a bèul màrranach binn.

Tha do chliù air dol an àird  
 Ann fa chèarna so ‘n riogachd ;  
 Thug thu barrachd uil’ air càch  
 Ann àilleachd ‘s ann gniomh,

‘Oigh is furanaiche gràdh,  
 Tha i càirdeil ‘s gach tìm,  
 Fiamh a gaire gach la.  
 Air mo bhla Pheggie mhìn.

Tha do gruaidh mar na ròsan  
 Air bhoidhchid ‘s ga ‘m bi  
 Blas nan fiogais do ‘d phòig  
 Nuair a dheònnaiche tu i,  
 Tha do mhìn-mhuneal  
 Neoineanach ; comhdaichte do ‘n t siod,  
 Da rosg chaog-shuileach, aobhach,  
 Fuidh chaol mhala, ghrinn

Bean co deas fa sheasamh blàr,  
 Sios o d‘ bhràighe gu d‘ bhuinn,  
 Mheall thu gràdh fir, na dhà  
 Leat ; nach paigh thu a chaoidh,  
 ‘S lìonar òig fhear fui’ leòn’  
 ‘S miann do phòig air a chlaoadh,  
 Bheireadh stòras gu leóir  
 Chionn do phòsfadh mar mhnaoi.

C’ uim‘ nach ínnsin gun di-chuimhn‘  
 Gu direachdo sheorts‘  
 Ban-chaimbèulach rìoghail‘,  
 An rìobhainn deas òg ;

Leam nach ionghn' thu bhi príosail,  
 'S tu shiol na 'm fear mór,  
 Bhiodh gun fhamh san dol sios  
 Racha dian ann 's an tóir.

C, àit' an gleidhir dhuit Cèile,  
 A ghèug 's glaine rún,  
 Bu mhòr am lèud leam gu gèill  
 Tu fhein dh' fhear nach b' fhiù.  
 'Na 'm faicin Baran ga 'm bi sprèigh  
 Pailteas cèil agus túir,  
 'S è gu sgealparra, deas òg.  
 'S dearbh gu seòlainns' è nunn

Ge d' bhi agam fein do f'hèudail,  
 Gu 'n eibhte mi m' Dhiúc,  
 Bheirin briathra gun bhrèug,  
 Gu 'm bu chèile leam thu  
 Tha do chul buidhe rèidh,  
 Fás na thèudaibh gu dlù,  
 Do ghnuis àille o 'n cairdeale  
 Bla, seallà fùl.

'S mor dhamh fein chuir ceill doibh  
 Gach beus tha riut fuagiht ;  
 Cha bu leoir dhamh na leubh mi,  
 Tha cheud urrad uam,

‘S gann tha cèum ‘n áite rëis ann  
 Do na dh’ fhèudhta a luaidh.  
 Riut, a ghèug pailt ann ceil  
 Tha measg chèudan do shluagh.

Chuir mi ‘n urrad fo rá cheil  
 Do d’ chèutfadh san uair,  
 Cha ’n ’eil aon d’ am b’ iúl thù f'héin  
 Theireadh bèud ris ra luaidh ;  
 Cha do sheall neach riamh gu gèur,  
 Ann a t éudan-sa suas  
 Dheanadh bréugach mo sgéul,  
 Dhearbh thu féin a bhi suairc.

Sguiridh mise chuir an cêill,  
 Dhoibh do bhéusan ni s mù,  
 Dh’ fhèudainn tòiseach’ mar an ceudn?  
 Is an leughadh as ùr,  
 Ach tha do ghnâ, gach aon là,  
 Fagail chàich air do chûl,  
 Chà ruig mi leas tuilleadh râdh.  
 Chuir an áirde do chliù.

## ORAN VIII.

*Eidar am Fiadhair, agus a Bheairt,*

*Air fonn, Barbara Allan.*

*Fiadhair.* **M**I 'm shuidh 'n fo, 's mo làmh  
fuidh m' cheann,

'S mi gamharc ris a bhealach  
Beir foraidh yam gu cùl na 'm beann  
Do 'n ghleann am bheil mo Chaileag.

Ach mur bhi dhàmhlì bhi gu tinn,  
'S nach dìreachain am bealach,  
'S dearbh gu 'm falbhainn leis a nì  
'S chà chumta mi aig baile.

Mur bhi gu bheil tè eile m' dhèigh,  
'S nach ordreich clèir dhuiunn dealach,  
Dh' aindeoin na bheil beò fu 'n ghrèin  
Gu bithinn rèidh 's mo chailin.

*Bheairt.* Labhair ife 'n sin le cèill,  
Na dean mo thrèigfinn baileach  
Sa liuthad la 's thug mi 's tu 'n gaol  
'S gun agaínn àdbhar dealaich.

Cha d' fhuair thu mi a's fear eil' ann cùil  
 Cha b' fhiù leam bhi gad' mhealladh  
 Cha mhò rinn mi riabh dhuit bréug,  
 Nam biodh tu fèin fa cheartas.

'S tric a dhùisg thu mi dh'ionnsuidh' gniomh  
 Mu 'n èireadh grian air chràchuinn,  
 'S minic leasaich mise t fhàrdoch  
 Ge d' bhi càch na 'n cadal.

'S tric a dh' fhàg thu mi 'n leabaidh sgaoilte  
 Gun snàin aodich tharum  
 'S mur gearaineadh tu fhein am fuachd,  
 Cha chluinte duarman agam.

'S tric a chuir thu mi m' chafaig chrtiaidh,  
 Is luafgadh air mo bhallaibh,  
 'S minic chuir thu mi m' ruidh gu luath,  
 'N aon uair bu thruime m' eollach.

Nach truagh leat mi 'n deigh m' fhàgail breòdit'  
 A's mi gun seòl air aran,  
 Nach cruaidh leat falbh le caileaig òig  
 'S mo thoirt thair m'eòlas marriut.

Ge do thà mi 'n dràsta breòite,  
 Fhuair thu òg mi, tlachdmhor,

'S truagh dhuit m' fhàgail choidh fu' bhròn  
Is mi bhi pòsda agad.

Ciod è do leith-sgeul, na iddir t àdhbbhar  
'S mi bhi daonnan mar riùt,  
Nach cruaigh leat m' fhàgail re m' shean aois,  
Is gaol a thoirt do chailleag.

Chum mi riamh thu, o na phòs thu,  
A d' dhuine coir 's tigh-lionna,  
'S ge d' bhi càch gun pheghinn na 'm poc,  
Bhiodh tusa 'g ol do dhramma.

'S tric a fhuair mi thu 'n seòmar cràinnte,  
'S caileag ann a d' achlais,  
Gu dearbh cha d' thug mi fhin le h àngar,  
Riamh dhuit drapntan teallaich.

*Fiodair.* Bhean, nach labhair thu gu rèidh  
O n' dh' èisd mi riut car tamuill  
Mur bithinn-fe co-deas riut fein  
Ciod è mor-fhèum a bha ionnad.

Ge do dheana' tu mo riathar,  
Is m' iartas mar bu mhaith leam,  
Cha d' iarr mi riamh ort tùrn' gniomha,  
A chuireadh giamh a' d' chnaimhibh.

Ach a nois o chuaidh tu 'n aois,  
 Biodh 'n t aog teachd a' d' charraibh  
 'S air leam fhein gu bu mhòid mo shòlas,  
 Caileag òg bhi mar-rium.

---

## ORAN IX.

*Molaidh do Cheannaiche arrait.*

*Air fonn, Mo chuaidh tu nun ar Lintithine.*

**G**E d' tha 'n Druim-na-làirig fo;  
**G** Cha b' ionann a's bhi mar b' àbhaist damh,  
 Beir foraidh gu m' shean àros uam,  
 An rabh mi ni' phàiste òg.

Beir foraidh, &c.

Cèud foraidh 'n Mharsant' fhìrineach  
 Tha shios aig Adh-mo-ghrioma, sin  
 An t òg-fhear uafal siobhalta,  
 Ga 'm biodh an inntinn mhòr.

An t og-fhear, &c.

Gur h iomadh caileag aòigeasach,  
 Thug aithre La-fheil-Faoilean duit,

Gheibhte a'd' phàilliun daonan iad,  
Cuir failte ort Eoin òig.

Gheibhte, &c.

'S e bha gach te dhiu faoineachd dhiom,  
Co è am firean gaolach ud,  
Ga 'm biodh an dà shùil chaogach  
Fuidh 'n mhala chaoil mar òr.

Ga m biodh, &c.

Dhinnfins' ainm an fhirean duibh  
'S maith b' aithne dhamh-fa shinnfreachd ;  
Gur Mac an Leathain direach è,  
Do fhionn-fhuil nam fear mòr.

Gur Mac, &c.

Gur ra-mhaith 'm pòitear fiona thu,  
'S cha 'n òladh tu gun dioladh è,  
Mo Chompanach ro-shiobhalt' thu,  
Nach togadh sìri mu 'n bhord.

Mo Chompanach, &c.

'N uair shuidhè tu 's tigh-lionna,  
'S è bu mhian leat ceòl is dramma,  
Is thoga tu gach smalan dhinn  
Le caithreamuin do bheòil.

Is thoga, &c.

Gur comhnaltradh dhaoip uailse thu,  
 Le siobholtachd bu shuairce thu,  
 'S ge d' èireadh an uair chruadalach,  
 Bu mhaith thu bhualadh dhòrn.

'S ge d' èireadh, &c.

Na bithin fhein co-chothromach  
 'S gu 'm biadh gach ni mar thoilichín,  
 Gu 'm faicinn fhìn mar Oifig agad,  
 Moir-fhearachd a mhòid.

Gu 'm faicinn, &c.

### ORAN X.

*Sugraidh do dhithis Ingheana.*

*Air fonn. John of Badden-Yon.*

**T**HOIR beannachd uam an dràsta  
 Gu m' shean àite comhnidh,  
 An d' thug mi greis do m' làithibh,  
 Ga m' àrachadh as m' òige ;  
 Tha mulad mòr gam' shàruch'  
 Gach là is mi m' aonar  
 O n' dheilich mi a's pàirt  
 Do na b' à bhaiste bhi m' chonghnadhl.

'S ann an Lâbhar shios a dh' fhàg mi  
 Na h aileagain bhoidheach  
 Cha 'n fhaca mi thug bàr orr'  
 'N aon àite 'n rabh m' eòlas,  
 'S fior ionnalta a dh' fhàs iad,  
 O 'm bràighe gu 'm brògan,  
 Bu chuimir air an t sraid  
 A measg chaich iad dia-dòmhnuich.

Bu chaoineal rium, bu chàirdeil  
 Bu bhàigheal, ro-choir iad,  
 B' iorasal, ro-fhàbharach,  
 Blà re fear leòint iad,  
 'S mor 'n t àdhbhar gàirdeachais  
 Dhafan gheibh còir orr'  
 Ghlacas aon do 'n chàraid  
 Air làmh chum a pòsaidh.

B' iad sud a chàraid mhàlta,  
 Bu phailte nàir is bèusan,  
 Gun chron air bith ra raite riù,  
 Mur càirich iad brèug orr'  
 O chrùn an cinn gu 'n fàiltibh,  
 Gun fhàilne fui 'n ghrèin doibh,  
 Ach caoineal, criodhail, cairdeal,  
 'S fiann ghàire air gach tè dhiubh.

O 'm bëul meachair, stuama,  
 Gun fhuar-fhocal còmhra'  
 Rosg mheallach, ghorm, neo-luaineach,  
 Nach gluaisteadh ach mòdhar,  
 Mala chaol gun ghruaman,  
 Da ghruaidh mar na ròsan,  
 Cùl bachlagach, donn, dualach,  
 Na chuachagan òr-bhuidh.

Am pòg air bhlas na 'm siòguis,  
 O 'm bëul bu bhinne còmhra'  
 Dèud shnaite mar na dìsnean,  
 Mar ibhri gun sgòrachd,  
 Muineal cearclach, bian-gheal,  
 Dh' fhàs corrach, liontach, boidheach,  
 Le 'n da shùil mheallach, mhiogach,  
 A ghoideadh criodh gach òig-fhear.

Tha cho-lion buaidh strèuchadh  
 'S a leum ris na h òighibh,  
 Gur mòr dhamh fein an lèubha,  
 Co gèur is bu choir dhamh,  
 Mar chanach geal an t slèibh, iad,  
 Fuidh 'n èididh mar neònain,  
 Troigh chuimir am bròig dhùinte  
 Nach lùbadh am feòrnein.

Gu 'm b' aithreach gach uair leam,  
 Mo ghrugaichean spèiseil,  
 'Nar thàrladh-maid 'an uaigneas,  
 A cluaineas ri chèile  
 Bu bhinne 'n ceòl cluaise,  
 Na chuach ann fa chéitein,  
 Luineag mo chuid gruagach,  
 Ann buaile na spréidhe.

Gur buaidh gu lèir na' r dèidh è,  
 Gur gnothach fèumail pòsadhl  
 Oir thà gach neach le 'n rêuasan  
 Gêilleachdain ga òrdamh.  
 'S o chuir mi pàirt an céill duibh,  
 Ga 'm bêusa gu neo-bhòsdail  
 Gu 'n gléidh mi noise Ceili  
 Do thê dô na h òighibh.

Tha fleafgach grinn, glan, spèiseil,  
 An taobh shios duit fèin an còmhnuidh,  
 Mur d' àiris iad na brèugan  
 Tha dèidh aig air do Phòigse ;  
 Ma thà gu meal sibh chèile  
 'S gu 'm faiceam f'hèin air Còrdadh,  
 Gu 'm b' aite leam rì èisteachd,  
 A bhi gar 'n èibhach pòisde.

C' uime 'n ceil-am ainm,  
 'S gur barracail a shèorta,  
 Na Camashronaich mheamnach,  
 Bú gharg air an tòireachd,  
 'S a liuthad óig-f hear calma,  
 Neo-clearbach tha t seòrsa,  
 Chuireadh fradda dearga,  
 A armaibh 'n uchd còmhraig.

Air leam fhèin gur èibhinn,  
 An Cèillidh mhnaoi òig è,  
 Na 's gloinne thèid na èididh  
 Cha lèir dhamh è m' eolas,  
 Gur lionar riobhain aogafach,  
 Chaog-shuileach, bhoidheach,  
 A shiúbhladh leat an saoghal  
 Chionn t fhaotinn rà phòsfadh.

Tha 'n riobhain eile dlù dhoibh  
 Ri phòsfadh, is i gun chéili,  
 Gun leanan a ni mùirn ri,  
 'S air-leam gur mòr am bèud è,  
 Gu 'm b' airidh is gum b' fhiù i,  
 Air fleasgach cliùtach, cèutach,  
 'S mur bhidh gu bheil mi pùisde  
 Gun dùraigin damh fèin i.

## ORAN GAOIL XI.

*An aimm Dhonuil Mhic Chalum.*

*Air fonn,* Behold these lines incloſ'd and  
Compos'd by your faithful swain.

**T**HA mulad mòr gam shàruch  
Gach là is è ga m' chuir an aois,  
Cuimhneach air na dh' fhàg mi,  
'S an àros ann rabh mi 'n raoir,  
Ge d' thà mi 'n so gu sâbhalta,  
B'fhearr bhi air leabaidh fhraoich,  
'S truagh gun bhi san àiridh  
Tha pàirt an d' an d' thug mi gaol.

Tha 'noise bliaghna dh'ùineadh  
O 'n dh' ûireagain t fhaotuin pòst,  
'S ma chuireas tu do chûl rium,  
Tha 'n cùnnatas ud fad na leòir,  
Tha m' uallach trom rà ghuillan,  
Sior-mhèudachadh gach aon lò,  
'S mar aidmhich thu mo phùsadh,  
Cha ghiulain mi i ni 's mò.

Ach bheirinn boid le firinn,  
 Do 'n Bhíobull is è ann mo dhorn  
 Mar àich-sheun thu mi direach,  
 Nach dìobhairinn thu re m' bheò,  
 Ge d' fhaicinn dreach gach nionaig  
 Tha s tìr fo ga sgriobh air bord,  
 'S tu thaghainnse dhamh fhìn  
 As gach riôbhain tha 'nn san Roin-Eòrp.

Cha b' ionghna mi thoirt spèis duit,  
 'S tu 's bèufaich ann caint do bheòil,  
 'S iomadh buaidh tha lèum riut  
 Nach lèugh mi á riobhainn òg,  
 Le d' bhrollach corrach, glè-gheal,  
 Dh' fhàg rèubta iomadh fear òg,  
 Is mar a chaile do dhèudach,  
 Ann d' bhèulan o binne ceòl.

Do chùl donn gu sinnteach  
 N'ar chíreadh tu e mar òr,  
 Da shùil mheallach, mhiogach,  
 Gruaidh mhin-dearg, mar an ròs'  
 Thig riobain dubh do 'n t sioda,  
 Co ghrìnn 'sa dh'f heudta bhi 'n t sèors'  
 Mu d' muineal cearclach mìn-gheal,  
 Gu riomhach, a riobhain òg.

Ochain ! mår a thà mi,  
 Air fàilne is mi gún lúth,  
 Aig ro-mhead mo ghràidh dhuit,  
 Tha m' airne 's mo chriod hain brùit,  
 Mar cruaigh do chriodhna stàilin,  
 Biodh càirdeil rium agus ciùn ;  
 Pill le h iochd san am,  
 Agus tionndà do chriodhe leam.

Sin n'ar labhair Seònайд,  
 Re Domhnall o chriodhie blàth,  
 Ciod e fa do bhròin dheth,  
 'S mi 'n comhnuibh dhuit ann gradh,  
 Ma thà do chridh co-deòineach,  
 'S an comhra thà thu aig ràdh,  
 Cha chum na bheil beò sinn,  
 Gun Phòsad, mar d' thig am bàs.

*D. freagra.* Beànnachd aig an lèig'i,  
 Rinn mo chrèuchdan-sa leigheas flàn,  
 Dh'fhurtaich orm 's mi fèumach,  
 Am pèin dheth gach oidhch' à's là ;  
 Ge d' bha mi loiteadh rèibte,  
 Gu leir is mi 'n cunntart bàis,  
 'N uair dh' aidmhich i bhi rèidh rium  
 Gun d' eirich mo chriodh o'n làr

## CUMHADH. XII.

*A rinneadh le Oig-fhear araid d'a Leannan  
N'ar a threig i e.*

*Air fonn, 'Nochd gur faoin mo chadul damh.*

**N**OCHD gur tric mi faireacha'  
Le cabhaig as mo shuain,  
Carachadh à's a tionnda',  
Sior ionndrain na bheil uam,  
Gur i mhaighdinn bharrail ud,  
A dh' athariach mo shnuadh,  
Dhiot ghabh mi cèad le duilichin  
Gle-mochthra Di-luain.

Ochain ! ciod so dh' airich mi  
N'ar chaidil mi cho-môr,  
Gu 'n leig mi dhiom le dí-misnich,  
An riobhain aoidheil òg,  
'S truagh gun bhi gun aodach  
An caol chiste na m bord,  
Far nach fhaicin t èudain  
O nach d' fhèud mi dhol a' d' choir.

Cha 'n 'eil uair a chì mi thu,  
Nach lisanar mi le bròn,

Mo chriodhe trom fu' dhuilichin,  
 'S mi muladach gu leòir  
 Ma'n riobhain a bha feathamh rium,  
 Le foighidin ro-mhòr,  
 B'fhearr mun d' rinn thu m' fhâgail  
 Am bàs ga m' chuir fu 'n f hoid.

Cha 'n áich'sheun mi, ach aidicheam,  
 Dh'aon f hocal as mo bhèul,  
 Nach d' fhuair, agus nach fhaighinse,  
 Na b' f hearr leam na thu, ghèug,  
 Cha rabh thu riamh 'm brath-foille dhamh,  
 Bha chaoireadh agam f hein,  
 Mo ghaol a mhaighdinn f huirealtach,  
 'S ro-mhuladach mi d' dheidh.

'S ro-mhaith a luidhe anart,  
 Oif-cionn anaile na h oigh,  
 D'aghaidh mar an canach,  
 Do mhala mar it eoin,  
 Da shùil mheallach ghuamach,  
 'S a gruaidhean mar an ros,  
 Beul tosdach nach toir geur-fhocal,  
 'S nach canadh breug no bosd.

Tha do dheudach mar an neonain,  
 'S tha do phogan mar a mhil,

Do chul bachlach or-bhuidh,  
 'S e 'n ordamh air a shlios,  
 'N 'ar theanneadh tu re liobadh,  
 Gur fada chìte dhreach,  
 'N uair leagadh tu le cùr e  
 Leat mhealla mile fear.

'S ro-mhaith thigeadh sioda,  
 Mu d' bhian tha mar an sneachd,  
 Muineal geal mar lion ort  
 Mar phapair sgríobhaidh dhreach.  
 Tha thu cho-bharrail, shuairce,  
 'S do bhuadhanna cho-pait,  
 'S nach leir dhamh bean do thuair'meachd,  
 A mèasg an t suaigh ach teac.

Ach bheirinn mionnan firinneach,  
 Cho chinnteach ris a bhas,  
 Ge do leigte am Biobull,  
 Na shineadh air mo laimh,  
 Nach cualas bheag a mhì-chliu ort,  
 Ach scithimh, cionail, bla,  
 Cha 'n ionghna 's tu bhi dileas dhamh,  
 Ge d' thug mi fìn duit gradh.

Gur diomach mi do 'n Ghallach ud,  
 Thain'g oirn o 'n mhachar Ghauld,  
 A rinn le stòras buaireasach,  
 Do mhealla uam fan am,  
 Na 'n tarlainns' ann am bealach air,  
 No ann fa ghleann ud thàll,  
 Air chínnt' air son na gruagaiche,  
 Gu 'n rachainn bhualà lann.

Ach foruidh flân do 'n ghruagaich ud,  
 Bu shuairce caint a beòil,  
 Dh'fhàg i o 'n Di-luain ud mi,  
 Fuidh bhruaidlean a's fu' leòn,  
 Cha 'n fhèud mi fhìn a ràdh ria,  
 Gu 'n d' fhàg i mi da deòin,  
 Ach bhiodh a cairdean diomach dhi,  
 Mur aonntaiche i leó.

'S bochd mo thruaigh 'mar thachair dhamh,  
 Ge d' tha mi fathaft óg.  
 Chaill mi ri h aon uair thu,  
 'S cha bhuaidhich mi re m' bheò,  
 Ge d' iarrainn shios is shuas damh.  
 'N taobh tuadh so do 'n Roinn-eòrp,  
 Cha 'n fhaigh mi leithid mo ghruagaich ann,  
 Beann bhanail shuairce chóir.

'S è thuirt mo chailin chiatfach rium,  
 A dh'fhàg mi riamh fu' bhròn,  
 Na biodh a ghaoil bonn smuairean ort,  
 Tha agad sruadh na h óig,  
 Ach biodh gu taipidh cruadalach,  
 A fo suas re d' bheò,  
 'S na h aithneadh a' neach gu siorruidh ort,  
 Gu 'n rabh thu triall fù leòn.

Ach 's mìthich sgur do m' cheileiribh,  
 O f hreagair i co-chòir  
 Cha bhi mi caoidh no 'g iarganaich,  
 O 's diomhanach mo ghlòir,  
 Ach fhir a theid le leathad,  
 Do Phitceallani na 'm bò,  
 Beir foruidh do 'n mhnaoi ionmholta  
 A dh'fhàg mo chriodhe leóint'.

---

### MIO-MHOLADH do 'n MHISG XIII.

*Air fonn.* Latha Raoin-ruairi.

MOCH 's a mhadain 's mi 'g èirdh,  
 'S mor m' eislean 's mo bhròn dheth,

'N dèidh bhi reiceadh mo chèille,  
 An dè a' 's tigh-òsdadh,  
 Fhuair i 'n sud orm ceapag,  
*Lady Light-head* na gorraich,  
 'S i rinn mise a charadh,  
 'S mo mhealladh le bòilich.

Dh'fhág i 'n diu mi a' m' shineadh,  
 'S gann tha chlí agam èiridh,  
 Tha mo choguis ga m' dhiteadh,  
 Agus m' intinn ga rèubadh,  
 Mile mollachd gu dìlinn  
 Do aon ti a bheir spéis duit,  
 'S iomadh là agus oidhche  
 Dh'fhàg thu dhiobhail mo chèill mi.

C' uim nach aoirinn le bárdachd,  
 As a chearna fo 'n rìogh'chd thu  
 Tha thu 'n chomhnaidh ga m' thàladh  
 A la a's a dh'oidhche,  
 N'ar thèid mi ,n tigh-òfda,  
 Bheir thu còmhdhàil 's gach tìm dhàmh,  
 Glaoidhidh tus air do stópan,  
 'S thèid m' òr-fa ga dhíoladh.

'S tu dh' iarradh gu guanach  
 Gach seòmar uaigheach bha m' phòcaid,

Cha d'fhàg thu agam do m' chnuasachd.  
 No dh'f huaisgileas lòn dhamh,  
 'S minig dh'earb mi mo sporan  
 'S mo Dholair do 'n ór ruit,  
 Fhior-shiurtach na 'n guitear,  
 Chuir thu sud ann fan stòpan.

*Mhisg.* Na labhair orm brèugan,  
 'S mor dh'èisd mi do d' bhòilich,  
 Tha do theaga mar rèufar  
 Chum bèum a thoirt dhamfa,  
 Cha d' rinn mise riabhach t éigneach,  
 Gun thu fhein a bhi deòineach,  
 'S ma chuaidh tu dhèi's-làimh,  
 Cacirich èibhach do sgòrnain.

*Fear.* 'S olc an leanan thu dhàmhfa,  
 Fear gun stòras gun fhìndail,  
 'S ge bu leam an Roin-èorpa,  
 Naile, dh'oladh tu fhèin è,  
 'S mor gu 'm b' ànnfa leam dìreach  
 Bhiodh gu siorruidh gun cheilè,  
 Na gu 'n caidleadh tu oidhche  
 Chaoi dh sinnter i m' chréabhaig.

*Mhisg.* Na labhair co-siamhaich  
 'S tric bu mhiann leat bhi m' phìogadair,

‘S ninig luidh’ mi gu ciatsach,  
 Re do chlíathaich ‘s tigh-òsda,  
 ‘S tric a thóg mi o smuairean,  
 ‘S o bhruaidlean, gu ceòl thu,  
 ‘S mi chuireadh gu ciuadail,  
 ‘S gu bualadh na ‘n dòrn thu.

*Fear.* Cha ‘n èil do labhairt-se suairce  
 ‘S mor am buaidhre do chòmhradh,  
 Mo mhallaichd ga d’ rúagadh  
 Chum t fhuadhach as m’ eòlas,  
 ‘S minig dh’fhàg thu mi, thruftair,  
 Mar a mhuc air an òtrach,  
 Ach Gùln air do mhuineal,  
 Mu ‘n dean thu tuille ni ‘s mò e..

## ORAN. XIV.

*Molaidh do mhnaoi uasail arait an eiric  
 Triuthas Cadda.*

*Air fonn.* The Lass of Patie’s Mill.

**L**A’THA dhamh air farsan,  
 ‘S mi siubhal fasach fedir,

Dhruidh gu tràm an fhèurthuinn  
 Air mo léine tre mo chlòc,  
 Dhàll an ceò mo lèirsin,  
 Nach bu lèir dhamh cùum do 'n ròd,  
 Ach uisge a's gaoth gu dèineasach  
 Aig seideadh an mo shròin.

Thachair dhamh bhi 'n oidhche sin  
 An teaghlach ó haoine coir,  
 Rinn bean an tighe caoimhneas rium,  
 Is aoidhealachd gu leòir.  
 Thug i g' a fèomar faoileachd mi,  
 Is sgaoil i 'n sin am bàrd,  
 Bha biadh, a's deoch co-faor dhamh  
 Sa bha aodach aig ri Deòrs'.

Cha 'n ionghna nise chuimhneacha'  
 Air caoimhneas na mna' coir,  
 Thug g' a seomar uaigneach mi,  
 Mar dhuine uafal mòr,  
 Rinn müirn is pris is beadra' dhiom,  
 Ga m' fhreasdladh air gach doigh,  
 Thug biadh a's deoch gun easbhuid,  
 Agus leaba dhamh gu lò.

Bu shuairc rium bu shiobhalta  
 An shior-bhean uafal òg,

Cha 'n f hèudar leam a dhì'-chuimhneach  
 An cian a bhios mi beò,  
 Mar chàirich i gu h uigheamail  
 Mi m' shuidhe aig a bord  
 Re gualainn fir an tighe  
 'S againn aidhear agus ceol.

Be sud an t oig-fhear firinneach  
 Ga 'm biodh an intinn mhor,  
 Cha léir dhamh bèud tha finnte riut  
 O chrùn do chinn gu d' bhroig,  
 Ach suairce, soithimh, siobhalta,  
 Nach togadh stri mu 'n bhord,  
 Gur cionail air a Bhiobull thu,  
 Sa leag do ghniomh na choir.

'S tu 'n còmanach neo-dhìobarrach,  
 'N àm suidhe sios 's tigh-ofd,  
 Cha biè do sheol bhi díomhain ann,  
 Bu mhiann leat pios is stop ;  
 Béul a labhras siochainntach,  
 O 'n cèillidh, brioghar gloir,  
 Le d' theangaidh bhlaosta, bhìn-fhoclaich,  
 O milse innseadh sgeoil.

'S fan damhsa b' àdhbhar subhachais,  
 Mar chunnaic i mi 'n tòs,

Le m' bhrigis mhofaich, shumiagáich,  
 'S mi m' luidealach gun scol,  
 N'ar mhothaich i chion cos-eudaich,  
 Gun rabh mo chasan leoint',  
 Gùn d' thug i Triuthas cadda dhamh  
 Co thlachd-mhor 's a tha san Eorp.

B' e sud an cadda baistalach  
 'N rabh cungaideh pailte gu leoir,  
 Bha dubh mar fhitheach craige ann,  
 Nach cuir a dhath re m' bheo  
 Bha 'n cuisean dearg na bhafaibh ann,  
 Air lasadh mar an ros,  
 'S o na chuir mi fhein mu m' Chosaibh è  
 Gun d' thug e dhachaidh m' oig.

'S mor an t àdhhar éibhneis thu  
 Do 'n chéile glilac do lamh,  
 Bean is suairce, bhèufaiche,  
 Cha 'n eil fuidh 'n ghréin ach gann,  
 Do shlios mar chanach flèibhe,  
 No mar éiteagan na 'n gleann,  
 Do ghnùis mar dhealradh Phébuis,  
 No mar èiridh ghréin na m' beann.

Do ghuth o á' bhèul mar fhilearachd,  
 Ann àm dhuit sèinn air ceol,

N'ar thoifeacheadh tu rìreamh ris,  
 Bu bhinn' thu no na h eòin ;  
 Do mhala chaol neo-ghruamanach,  
 Do ghruaidhìn mar an ròs,  
 'S gur maith thig brèid is cuilean  
 Mu d' chùl dualach mar an t òr.

Ga h iomadh cèum a ghluaisteadh leam,  
 An deas 's an tuadh na h Eòrp,  
 Cha 'n f hac a mi, cha d' f huaras ann,  
 Cho shuairce riut is cho choir,  
 Tha 'n t urram do na chunnaic mi,  
 Ann uile, air dheadh sheòl,  
 Aig Beattie Chaimbeul bhaile-mhuilin,  
 Luirean nam ban òg.

---

### A O I T H R E nan L U C H X V.

**A**OITHRIDH mi na Luchaidh chiara,  
 Luchd na 'n cliathacha liadha, leobhar.  
 Cuideachda' bhradach nan gearra-mhàs,  
 'S mòr an t earrachall iad a 's tsobhal.

Dh'ith iad orm lòn nam pàisdin,  
 Bha gu 'n àrachadh 's ga 'n togail,  
 La, a's a dh'oidhche gabhail dà,  
 Gur gann dh'f hag iad am fodar.

Goimh, a,s cràdh gu rabh na'r càirean,  
 Strac a's 'sgainneadh air bhur seòrta,  
 Galar a's plàigh air bhur 'n àlach,  
 Gus nach fhàgar a haon beò dhiù.

Chàinin sibh, is cha bu bhèud leam,  
 Chuideachdadh bhrèin, loitheach, chòsach,  
 O' n' is gnàth leibh bhi 's gach àite,  
 Ann sàn tàr sibh cuir re dòibh eirt.

Bhior-shuileach is caoile sealladh,  
 Aoithridh mi do chasa camadh,  
 Do dhèud sgòrach, do bhèul ronnach,  
 Do bhus molach, t aghaidh gheannach.

Cruinnichidh mise dhuibh nàimhdin,  
 Chumas gu teann sibh fui' n spògan,  
 Phronnas gu mín sibh fui' m fiaclaibh,  
 'S à chuireas sios sibh thair an sgòrnach.

Cha 'n 'eil cat tha ann san tìr so,  
 Nach bheil dio'l tach air bhur seòrta,  
 Bidh agam-sa a nochd dhiù mile,  
 'S biodh agaibhse oidhche bhrònach.

Fàgaibh am baile so gu hùllamh,  
 Na teannaibh re fuireach ni 's faide,

Ach gabhaibh gu h eallamh m' ar turus,  
Air raoghainn duibh muir, no talamh.

Stuiraidh nunn air Locha-tadha,  
O 'n 's è 'n t ath-ghaoirid is fearr leibh  
Mur dean sibh bhur 'n eadhraiche ullamh,  
An grùnd na tuinne bidhibh bàite.

O'n thà sibh fèin n'ar bèis dibh bradach,  
Co-ro-ghrad a dheanamh meairle,  
Goidibh àrcain an iasgáir,  
As an lion leibh air sòn bàta.

Ach co-luàdh fa gheibh sibh 'n t aifeag,  
'S a thèid sibh thairis gu fàbhalt;  
Na tugaibh aon dhiubh as an dùthaich,  
Deanaibh dûn diu' air an tràighe.

Sgiùrsam am mach an carn-dearg sibh,  
Feagh gach garbhlach agus fàsaich,  
'S bidhibh oidhch' ann an Ceap-landi,  
Ann fan t shean tigh thà ga li arda.

Eireibh, ghraisg, gle-mhoch fa mhadainn,  
'S na deanaibh cadal no màirneal,  
Fàgaibh an dùthaich gu healamh,  
A shliochd na'n ragairean 's na mearleach.

Imichaibh do Charsadh Shruileadh,  
 Chaoidh na pillibh do Bhraidealban,  
 Fanaibh aig Bodaich nan Cruach  
 O said tha conbhail suas a Mharagaidh.

---

## ORAN XVI.

*Molaidh do Bhan-tighearna Mheilbheirt.*

*Air fonn, Mhic Ghill-leathain na Luraich.*

'S Tric smuaintin air m' aire  
 Mun mhnaoi òig fo thug barrachd  
 Air gach riòbhain air thalamh,  
 Cha 'n fhaca's, cha d' airich,  
 Riamh aona bhoinne fola,  
 Do mhnaoi uafail no Chailin,  
 Is bòidhicheadh sealladh,  
 Air gach dòigh tha i barrail,  
 An am fòghlam 's am fasàn ;  
 'S è mo dhòchas gu 'm faigh thu,  
 An t úrram do mhnaithibh na h Eorpa  
 An t urram do, &c.

Dheadh Bhan-tighearn' òg Mheilbheirt  
 'S è mo shòlas is m' eibhneas,

Do mhoralachd chèutach  
 Is òrdheirc do bhèufan,  
 'S a 'n ceòl tha mi deilbhadh,  
 Chuir n' ordamh gun cheilg dhuit,  
 Oir cha tuaireasgeal brèige  
 Tha mhiann orm a lèubhadh,  
 Cha thug sealladh a' d' t èudan,  
 Neach a gheibheadh dhuit èacoir  
 C'ait an aithne dhamh t eug'ais am' èolas,  
 C'ait an aithne, &c.

'S tu is banaile bèufan  
 Do na chunnacas le m' lèirfin,  
 Tha gach buaidh dhuit a strèachda,  
 Bha fuaighte re Vènus  
 Tha maifeadh à t èudan,  
 Mar dhearsa na grèine,  
 N'ar a bhitheadh i 'g èiridh,  
 An am madainn chiùn chèitein ;  
 Cneas is gil thu na 'n èiteag,  
 Na sneachda na gèige ;  
 Ri ! gu meal è dha fèin thu t fhear pòsda.  
 Ri ! gu, &c.

'S deas thig stocain o n' bhùth dhuit,  
 'S Bròga biorach na 'n crùintin,  
 Do 'n leathar bu shùbailt',  
 Bucailleoir bhi ga 'n dùnadhbh,

Mun troigh chuimir bu lùthair,  
 A dhannfa air ùrlar,  
 Na 'm freaslaidh luchd cùil duit  
 'S tu fhreagradh gu pùncail,  
 Tha thu ad'choisiche sunntach,  
 'S air thrumad na driùceadh,  
 Nach roiseadh 's nach lùbbadh am fedirnean.  
 Nach roiseadh, &c.

Do rosg mheal-shuileach mhòthar,  
 Fuidh d' mhala chaol eòin ìt,  
 Tùir gheala mar neònain,  
 Am folach fu' n t srol ort,  
 Tha do ghruaidh mar na ròsan,  
 Mar Bhermillion air bòidhchid,  
 Bèul meachair, neo-bhòsdail,  
 O 'm binn a thig òran,  
 Ge b' e chluinneadh thu d' seòmar  
 Gu 'n eisdeadh na h eoin riut  
 Le d' cheileiribh ceòlar ga 'n seinn leat,  
 Le d' cheileiribh, &c.

Tha do mhin-bhafa bàna,  
 Mar an siode r'a làmhach,  
 No mar lili a Mhàighe,  
 Nam tighin fuidh bladh dh'i,  
 Cùl bachlagach, fainneach,  
 Le d' chomhduichibh àluinn,

A fhuair urram air àilleachd,  
Ann iomadaibh àite,  
Tha do mhuineal 's do bhràgad,  
Mar Chriostal a dearfa,  
Chite fion ann a tearna air òl leat.

Chite fion, &c.

Do chùl ditheanach, clannach,  
Bhuineadh cìs an 's gach pannal,  
T aghaidh shiobhalta, fhlathail,  
Tha gun mhìchion gun smalan,  
Sgàthan riómhach air faiche,  
Is i re Dido co-maisfeach,  
Criodhail, inntinneach, ealamh,  
'S i gu gniomh lamhach banail,  
Caoin, min, meachair, faraft,  
Caomhail, grinn ris gach Caraïd,  
Leis 'm bu mhiann teachd do'n bhaile a t fheò-  
Leis 'm bu, &c. raich.

'Nuair a ghlacadh tu 'n t anart,  
Ann a d' mhìn-bhalsaibh geala',  
Bhi do shùil ghorm mheallach,  
'S i gu dlu gabail seallaidh,  
Air 'n riaghail rinn thu tharruing,  
Chum nach deanta do mhealla ;  
Siosar du-ghorm mar ealtainn,  
An a d' laimh bu mhaith gearr,

Chuiread stitsin gu daingionn,  
 Reidh, direach, gun chamadh  
 Agus fuaigheal air bhannaibh do 'n tòland,  
 Agus fuaigheal, &c.

'S maith thig Mantal do 'n t fròl duit,  
 Air do ghuail' nibh mar chòmhidach,  
 Thig fainneachan òir dhuit,  
 Le 'm buagh-chlochaibh ordail,  
 Air an deanamh gu sònraicht,  
 Gu 'n càramh mu d' mheòiribh,  
 'S tu 'n ainnir is boidhche,  
 Do na chunnacas a dh'òg mhnoi,  
 Cha lèir dhamh dh'aon feòrta,  
 Cron cumadh ga d' choir,  
 Ach o d' mhullach gu d' bhrògan gun fhàilne.  
 Ach o, &c.

'S tu 'n rìobhainn deas, shuairce,  
 Thain'g shìol na daoine uailse,  
 'S lionar Caimbeulàch buaghar,  
 Dheanadh tarruing re d' ghualainn,  
 Thig o dheas a's o thuadh ort,  
 Chum do cheartais bhi 'n uachdar,  
 'S mairg a chasadhl riu 'n tuasaid,  
 'S craobh feirge na 'n gruaidhibh,  
 'S beag 'n t ioghn' thu bhi uafal,  
 'S an stoc as na bhaint' thu,  
 Slionar faillean mèar, uaibhreach, tha fas ann,  
 Slionar &c.

Slionar fuàran 's brais farum,  
 O bheil t uaile a tarruing,  
 Meangan ur do 'n fhiodh fhallain,  
 Thain' o thùr Iarla Bhealaich,  
 'S iomadh Diùc agus Baron,  
 Bhios le hì ùmhachd a t fharaid,  
 'S iomadh dùthaich a's Talla,  
 Ann fan öilté gu heallamh,  
 Do dheoch slainte le caithream ;  
 'S beag an t ioghnadh so thiachairt  
 'S tu bhi shìol na fola bu mhor-luach  
 'S tu bhi, &c.

Ri gu meal thu gu buan,  
 An Deadh Chaimbeülach suairce,  
 Oidhre Mheilbheatr so shuas è,  
 Fear sheasamh do chruai'-chais,  
 Ceanna -feadh-na a chruadail,  
 Dol a steach re h uchd' bùalaidh,  
 'S minig thug thu, 's bu dual duit,  
 As a Bhatailte buaigh leat,  
 'N uair a thairneadh tu chruai-lann,  
 Cha taisge tu 'n truail i,  
 Gus an cuireadh tu 'n ruaig air do nàmliaid.  
 Gus an, &c.

Tha post eile riut suaighe,  
 Cunbhail taice re d' ghualainn,

Fear Achaladair uasal,  
 Sàr-mhàisdir na tuadha,  
 Ard oidhre Clais-chluaine è,  
 Druima-locha na stuadh leat,  
 'S leis Bail-Leoid, co bheir uaidh è,  
 Tha gach còir dhiu sud fuaght' ris,  
 'S è dh' fhàg barraicht' thair fluagh thu,  
 Gach fruth do f huil uallaich,  
 Tha lionta do uaill teachd a d' chòr-sa  
 Tha lionta, &c.

Ach guidheam gu sùnnach,  
 Le m' chriodhe, le dhùrachd,  
 Gu 'm faiceam bhi d' ghiùlan,  
 Ann àite ban-diúce,  
 Ann coidse nan cùrsan,  
 Le greadnachas cùirte,  
 Do phuisd bhi re d' chùl-thaobh,  
 Iad an comhnuidh ga d' stùiradh,  
 Do mhac-oidhre gu clùitach,  
 Dhol an àirde sa chûirt,  
 A's e bhi càramh a Chrùin ar Ri Déor-sa  
 A's e bhi, &c,

## CUMHADH XVII.

*Iarla Bhraidealban a dh'eug a Bhliaghna 1782.*

*Air fonn, Och a mhuire mo dhunach &c.*

**S**GEUL ar dunach rà lèubhadh  
 Thàning oirn a Dun-èidin,  
 Iarladh Bhealaich na 'n stèud-each  
 Bhi na chadul 's nach èirich,  
 È gun ludha, gun leirsin,  
 Gun deo bhi na chreabhaig,  
 Ach na luidhe fuidh dhèileachan bhord  
 Ach na luidhe, &c

Dhuinn' is duilich mar dh'èirich  
 Gun do mhothaich an t èug dhuit,  
 'S gun lithich, na leigh ann,  
 A leigheasadh t èa-caill,  
 Thriath chumhachdaich, thréin,  
 'Gheibheadh urram is èisteachd  
 Far an fuidhe fa 'n èireadh luchd Chleòchd.  
 Far an, &c.

**O**irne thànaig an diùbhail,  
 O na dh'fhaluich an úir uainn  
 Fear sheasamh ar cùise,  
 Dh'fhag ar taic, 's ar ceann-iul sinn,  
 'S mor iunndrain na dùch' ort.

O na rinneadh do dhùnadh  
 Ann ciste chumhaing nà 'n lùbaichin ôir.

An ciste, &c.

'S trom am builleadh 's gur druiteach,  
 Thàn' an dràs' air an dùthaich,  
 Ach is fheadar a ghìulan'  
 O fè 'n t éug rinn ar diùbhail  
 'S è bhi a d' chàramh san ùir  
 Ann seòmar cadail, 's nach duisg thu,  
 Dh'fhag snith' air ar súilibh is deoir  
 Dh'fhag snith, &c.

Laoich threin ann an cumasg,  
 Dh'fhas gu fèumanta, duineal,  
 Ge d' eireadh 'n uair chunthart,  
 'S tu nach geille gun urram,  
 Tha do dhaoine fu' mhùlad,  
 'S beag an àdhbhàr bhì subhach,  
 'S tusa 'n cacl chift a' d' lpidhe gun deò.  
 'S tu fa, &c.

Na'n tigeadh feum am feachd arm ort,  
 Leat dh'èireadh scip mharbhàtach,  
 'S lionar tréun-fhear deas, calma,  
 Racha gle ghrad na armaibh,  
 Chuire gèur-lann am balgaibh',  
 N uair a dh'èireadh an fhearg ort,

Bhiodh Gleann-Uracha, 's Braidealban a' d'  
Bhiodh, &c. (chòir.

'S mor a bhâ fuidh d' chumannda  
'S bu ghlic an riagh-fhear na 'n ceann thu,  
An talant' fhuair thu re laimhseach,  
Rinn thu buannachd nach gann leis,  
Cha b ionnan thu san duin' aingidh,  
Dh' fholuich airgiod a Mhaighstir  
'S nach tug a bhuil ann fa 'n am as bu còir.  
'S nach, &c.

'S beag an t ionghnadh dhuinn' fein  
An diu air sulia bhi dèurach,  
O na ghluaisteadh le h èug thu,  
'Ghabha' truas dhinn' 'n ar 'n éigin  
Cha rabh dilleachdan fèumach,  
No ban-treach gun cheilidh,  
Aig am faiceadh tu 'n èucair fa mhòd.  
Aig am, &c.

Ach gu 'n stiùreadh an t Ard Righ  
An tì th'ann a t àite,  
Gu bhi iochdar, ro chàirdeil,  
Ris gach neach tha fuidh ráithe,  
Rì thog è gu h airde,  
Thoir gliocas na thrà dha,

O na fhuair è uait tàlanna mor-

O na fhuair, &c.

‘S è chuir smal air mo shùgradh,

‘S lionn-dubh air mo shiulibh,

‘N diu bhi faicsin do chùrsain,

‘S culaidh bhroin air an giulain,

Bhi ga d’ chàramh ‘n tigh ûtlaidh,

Ann an leabaidh na h ùire,

As nach fairich ‘s nach duisg thu le ceòl.

As nach, &c.

Ach is e mo bharail an dràsta,

Gu’m fèudar a ‘ràite,

Ge do thànaig am bàs ort.,

Chuir crioch air do làithibh,

Gu’n d’ fhuair thu rioghachd is fearr dhuit,

Na ‘n Oighreachd a dh’fhag thu,

Ann am flaitheas aig ard Riogh na gÌòir,

Ann am, &c.

## ORAN GAOIL XVIII.

*A rinneadh le Fiodair do riobhain oig, chunncas  
leisean am bruadair, bhi teachd d'a ionnsuidh  
a dheilbh Guin.*

*Air fonn, Latha Raoin-ruairi.*

**T**HA mulad ga m' lionadh,  
Tha m' inntin fuidh bhròn dheth,  
Chunncas rìobhain og thlachdmhor  
Ann a'm chadul di-dòmhnuich  
N'ar a dhùisg mi fa mhadainn,  
'S gun agam an òg-bhean  
Thanaig frasa' o'm shùilibh,  
A dhrùigh air mo bhrògaibh.

Moch fa mhaidinn di-luain dhamh,  
Air mo chluasaig gun dùsgadh,  
Thanaig flat do mhnaoi shuairce,  
'S cungaideh uafal gu gùn aic  
Sgaoil i sios dhamh e dh' fhèuchain  
Cia mead a bha dàlúdh ann,  
Ach dhùisgeadh a m' shuain mi  
Mun d'fhuaras a chúnnta.

Na faighean car uaireadh  
Ann fan t suain ud gun dùsgadh,

Nàile, dheilbhinn gu cìnnteach  
 Do 'n riobhain an gùn ud,  
 Bhiodh mo chriodh agus m' ìnninn,  
 Labhairt sì'-chaint gn ciùn riam,  
 'S dh' fheaduinn fathaist am bliaghna  
 Dol g'a h iarraidh re phùsadh.

Chunnraice mise 'n raoir bruadar,  
 Air a ghruagaich bu bhoiedhcheadh,  
 Bha i banaïl, ro-bhèufach,  
 Bha i cèillidh, neo-spòrsail,  
 Bha i iriosal, bâigheal,  
 Mur do mheall i mi m' dhòchas,  
 'S cha 'n fhacas thug bàrr oirr  
 'N aon àit do'n rabh m 'eòlas

Cha 'n ' eil ort cron cumadh,  
 O d' mhullach gu d' bhrògaibh  
 Tha do ghruaidh mar na subhan,  
 Mar an driùc air na ròsaibh,  
 Tha do dhèud mar na dis'nean,  
 Bèul binn maq an smèòrach,  
 Tha do phòg mar an t ubhall,  
 Tha do muineal mar neònain

Cha dean mi dhuibh innseadh  
 Ciod an tìr bheil i chómhnuidh,  
 Theagamh 'n tionsadh i cùl rium,  
 'S gu 'n diùlt i mo phosadh,

Bhitht' a lèubhadh, 's ag ràite,  
 Ann 's gach àite mar óran,  
 Gu 'n tug mise do ghràdh dhi,  
 Nach b' fheaird mi re m' bheò e.

Ach na tionndas' am feirg riùm  
 Ge nach d' dheilbh mi dhuit t aodach,  
 Cha d'fhuair mi do ùineadh  
 Na chùnntadh e 'n oidhch' ud,  
 Na fàg-fa fuidh bhròn mi  
 'S mi co-deoineach air t f heaotainn,  
 Ach aidmhich mo phòsfadh  
 O nach beô ðhamh as t êugmhais.

Ach ma nithear leat m' àich-sheun,  
 'S a mheud sa mheall thu do m' ghaol uam,  
 'S mairg mise tha 'n deagh-rùn duit  
 Mar fiù leat mo Thaobhsinn,  
 Ma 's fear eile is f hearr leat  
 'S gu 'n dh'f hàg thu air fraoch mi,  
 B' f hear nach faiciinnse riabh thu,  
 Chuir a Bhliaghna fo 'n aois mi.

Na'n innseadh tu aon uair,  
 Nach tionndaidh tu caoin riùm,  
 Ghrad thogainn mo mhisneach,  
 'S cha bhithinn ga d' chaoineadh,  
 Ge d' tha thusa ann dòchas  
 Gu bheil mi górrach ro-éatrom,

Ghleidhinn bean agus stòras,  
Cho boidheach 's tha 'n taobh fo.

Ach is neonach a bharail,  
Do fhear folamh n'a phocaid,  
Gun leagàdh e inntinn,  
Air an rìobhainn is ordheirc'  
'S ge d' bhi aige r'a 'n cunntadh,  
Na crùnnntainn air bord dhi,  
Cha 'n fhaigh e gu bràth i  
Mur h ann da chuaidh a h órdach.

Ach Comhairle chéillidh  
Bheirinn fhein air gach óig-fhear,  
Ge nach d' ghabh mi dhamh fein i,  
Tha mi lèirsin na còrach,  
Ge do chitheadh tu 'n rìobhainn  
Bu ghrinne 's bu bhoidhche  
Na tabhair do ghaol dhi  
Mur faoil thu i d' phòsadh.

Sin 'n uair thean mi re dùsgadh  
'S a mhùgh mi a' m' dhòchas  
'S a thionndaidh mi m' inntinn  
Gu gliocas o ghòrraich,  
Bha mo chriodhe a g innseadh,  
Gu firinneach dhamfa,  
Gu 'in b' fhaoin damh mo smuaintean,  
Agus Bruadar na h oighe.

## O R A N XIX.

*Nuadh do 'n ainm Teasach a Ghaoil.*

*Air fonn.* Tha mo chion air 'n ur gheibht &c.

'S tric mi dùsgadh a' m' chadul  
 Le h airsneil ro-mhor,  
 Bhi gach oidhch' ort a bruadar,  
 'S tu a' m' smuaintibh gach lò ;  
 Tha mo ghruaidhean air dubhadh,  
 Le fruithibh mo dheidir,  
 Mu'n chloich tha mar bhir,  
 Eidir mise 's mo bhròg.

'S maирg fleasgach re shaoghal  
 Bheireadh gaol do mhnaoi òig,  
 Tha iad aoigheail, fior-chaoineil,  
 Mu chreideas tu 'n glòir,  
 Mar sheall' an ghrein is i 'g èireadh,  
 A' Madainn chèitein gun cheò,  
 Fèudaidh 'm feascar bhi déurach  
 An dèigh am pléisge ud falbh.

'S coir dhamh labhairt gu siobhailt'  
 Mu'n rìobhainn ghlain òig,  
 Gu'r e mhead 's f huair i m' intinn  
 Dh'fhag mo chrìodhan-sa leoint',

Cha lèir dhamh a's' tir so  
 Mu dh' innseas mi chòir,  
 Chuirinn coimeas re Sìne  
 Bhan-Ghriogarach òg.

Corp seamh is glan cumadh,  
 O d' mhullach gu d' bhròig,  
 'S maith thig lèine do 'n anart  
 G'a bannadh a d' dhòrn,  
 Dèud chailc' mar na disnean,  
 Blas fioguis a' d' phóig,  
 Bèul meàchair gun ghruaman,  
 Da ghruaidh mar an rós.

C' uim' an ceilin gun innseadh,  
 Tha thu siobhalta bla',  
 Brollach corrach, fui' 'n t sid' ort,  
 Cearclach, min-chraigneach, bànn,  
 Troigh shocrach, 's i comhnart,  
 Gun sgòid air a bàr,  
 'S cha lùbadh tu 'm feoirnein  
 Fuidh d' bhrogaibh air blàr.

Taghaidh nàrach, ro-bhanail  
 Da mhala chaol rèidh,  
 Gur cùbhraidh no 'n canal  
 Leam t anail o d' bhéul,  
 Gur binne do chòmhradh,  
 No 'n smeorach air ghèig

Gu 'n eisdeadh na h èoin riut  
Ann am seòmar leat fein.

Nochd is faoin leam mo chadul,  
Dol a laidhe leam f'hèin,  
Thugas gaol trom do 'n rìobhainn,  
'S chuaidh mo chriòdh-sa na dèigh ;  
Leat shiùbhlain a' m' dhúthaich  
Gu cul-thaobh na gréin'  
'S cha 'n irrainnse dhachuidh,  
Chionn t fhaighean dhamh fein.

Dh' fhàg thu m'aigne fuidh èa-slain,  
A mo chréuchdain fuidh leòn ;  
Chuaidh saighead a m' chriodhe,  
Rinn milleadh air m' fheòil ;  
Stric mo shùilean a frutheadh,  
Ga d' chumhadh gach lò,  
'S aig a mhead 's thug mi ghaol duit,  
Cha 'n fhèud mi bhi beò.

Tha mo chriodhe air a mhùchadh,  
'S e briut' air a león,  
Tha gach ball tha 'n taobh stigh dhiom,  
Air leaghadh le bròn  
Tha snith' air mo shuìlibh  
Dh' fhàg dubh'r orr 'a's ceò,  
Tha mo bhathais air faileadh,  
A's lag air mo threòir.

Tha mo chriodhainse glaiste,  
 O 'n taic so lath 'n dè  
 Aig an rlobhain am falach  
 Fuidh ainsnichibh clèibh ;  
 'S e do ghaol rinn mo ghoirteach,  
 'S a lot mi gu lèir,  
 Och? pill-sa na thrà riùm,  
 Agus flànuigh mo chrè.

'S mairg mise tha fuidh thrioblaid!  
 Agus fios aig an lèigh,  
 Mo chriodh-sa bhi 'n tasgaidh  
 Fuidh ghlaist aice f hèin,  
 C' uim' am bithinn fui' sproc dheth  
 'S an Dochtair bhi 'm rèir,  
 'S gu 'n leigheas aon f hocal  
 Mo lotan gu lèir.

Tha mi 'nois o chionn le-bhliadhna'  
 Ann an teasaich a ghaoil,  
 Gun lasach, gun fhuasgladh,  
 Gun fhuarach, gun fhao'ch ;  
 Ach gheibhinn mo shlàinte,  
 Agus mheallain an t aog,  
 Nam faighin mo chaileag  
 Gu luidhe re m' thaobh.

## ORAN XX.

*Molaidh do Ghrnagaich oig.*

*Air fonn, Iosabail n' Inghean Domhnuil  
Sin, &c.*

**B**EIR foraidh dh' fhios na gruagaiche,  
Is suairce th'ann m' eolas, uam,  
Tha chòmhnuidh far bu dualchas di bhi,  
Shuas am bun Ghlinn-lochaidh sin,  
‘Si ‘n riobhain chèutach, chul-donn i,  
A choisín clíù na bòidhichead,  
‘S ge d' thog iad tuaileas brèig oirr’  
Gu ‘n robh i fhèin dhiubh neò-chiontach

Gur diomach tha mi fhein do neach,  
Chuaidh lèubha' bhrèug mar òran ort,  
Ge do bha mi 'g èisteachd riu  
Bu bhrèugach mar mo dhoigh-sa iad  
Ge be ti rinn innseadh ort,  
Bu dánadh ni rà chòmhradh è,  
Do neach fa 'n ceann air liatha,'  
‘Sa 'n aois a sgiatha fòide dhoibh.

Ainnir is fearr bèusan  
Do n' as lèir dhamh fhein a dh'ög-mhnaoi thu,  
‘S lionar buaidh tha sleachda dhuit  
Nach cuir mi 'n cèil 's cha,n eòl dhamh e;

Do bheul a tha gun gheur-fhocal,  
 'S do dhèudach geal mar néonain ann,  
 B' fhadadh cach fan èucoir riut  
 Mun leubhadh tu mar dhòi-bheart e.

'S tu 'n riobhain bhanail, bhèusach,  
 Dh,fhàs paitl an cèill gun spòrsalachd,  
 Tha seirc' ann an clàr t èudan-sa  
 A mhealla spèis o oig-fhearaibh,  
 'S lionar fear tha rèubta leat,  
 Le mòid a dhèigh air pòsadh riut  
 'S a dhùraigeadh mar chèile thu  
 Dha fhein a ghèug is bòidhiche.

'S tosdach, socrach beusach thu,  
 A h èugmhais a bhi mòrchuiseach,  
 Is binne no na tèudan,  
 Guth do chlèibhse feinn air òranaihb,  
 Bu ghrinn leam fhein bhi 'g èisdeach riut  
 Ann am chuir gréis le d' mheòiribh dhuit,  
 Gach ceòl a thig o d' bhêulan-sa  
 Mar cheileir rèidh na sméóraiche.

'S cumadail, deas, fionannta,  
 O d' mhullach sios gu d' bhrógan thn,  
 'S maith thig deis e'n t sioda  
 Air do mhuineal bian-geal, boidheach-sa,  
 Do chiochan corrach, liontachail,  
 'S gach aon air fiambh an neonain diùbh,

Da ghruaidh mar ros a cinnitin ort,  
A ghèug na miog-shuil, mòdharadh.

Air leam s'hein gur cèutach,  
'S gur glan an cèile dh'òig-fhear thu,  
Le d' chùl dualach, peacagach,  
Mun cuairt dhuit fein ann òrdamh ort,  
'S lionar fleasgach dèighinneach,  
Nach-iarradh sprèigh, no stòras leat,  
Ach t fhaotuinn mur a b' èibhin leis  
Le toil na cléire pòsta ris.

'S tu soitheamha' chi mi ghruagaichibh  
Tha shios no shuas an comhuidh dhamh,  
Do mheoir is grinne tuaighil  
Air an anart uafal tholantach,  
Do bhèulan tha neo-dhuarmanach,  
Bu ghrinne, shuairce, cheòlaireadh,  
'S do chùl donn, daite, dualanach,  
Na chuachaibh snuaghár, ordheirce.

Gur suairce, stuama siobhalta,  
A dh'fhàs an ríobhain bhoidheach ud,  
Bu dual duit sud o t shinnsearachd,  
B' fhior fhirinneach an seorta iad  
'S beag iodhnadh thu bhi priosail  
'S tu dh'fhion-fhuil chlann-an-tòisich sin  
A thairneadh suas gu piob-shrolach,  
Gu laidir rioghail, Mòiseanach.

Tha choi-lion deadh bhuaidh sinte riut  
 'S nach cuir mi sios ánn òrdamh iad,  
 Ge d' theanninse rà mìneacha'  
 Cha 'n innsin na bu leoir dhamh dhiubh  
 A mbiad fa chuir mi 'n ceil dhuibh dhuibh  
 Gun dearbhainn fhein neo-bhòsdaile è,  
 Cha d' airis mise an cèadaibh cuid  
 Da bèusáibh mar bu còir dhamh dhuibh.

---

## ORAN. XXI.

*Molaidh do Eobhan Carnastron Muilleir-lin.*

*Air sonn. Coille-chnagaidh,*

**T**HÀ agám sgèul 's cha bhrèug ach firinn  
 Dhinsinse air Eobhan,  
 Am Fleasgach suairce, soitheamh, grinn,  
 Tha 'n Laubhar shios an comhauidh ;  
 Cha lèir dhamh fein ann deas/no 'n tuath  
 A ghlacadh tuadh na dhòrnaibh,  
 A bhuiteadh cùs, no bragadh gill  
 Air t innleachdhaibh gun doi-bheirt.

Ge b' e racha 's teach a d' Mìhuileann  
 Chìte ionad seòl ann,  
 Rolairin is Cuibhleachian,  
 A ruileadh mar bu chòir dhoibh,

Bu lionar feadan, 's cranna-feagach,  
 Freasdal do gach seort' ann,  
 Chuireadh iomad fear na bhreislich,  
 Bhi ga 'n leagadh 'n òrdamh.

'S lionar amar, 's cuibhle chnaggach,  
 'S tigh, is amach aig Eobhan,  
 'S uisge bheann, a ruidh le frann,  
 Gu 'n cuir na 'n deann gach seòrta  
 Mar gu 'n leagta' cù a h éill  
 Gu 'n lèumadh iad ann ordamh,  
 'S cha 'n fhacas feadan ann nach frèufdaileadh  
 Do 'n fheagg bu còir doibh.

Tha Muileann fàr-mhaith aig an dràsta,  
 A ni Barley dh'eòrna  
 Dh'fhagas e co-lom re àirnibh,  
 Dèidh am faig', a'n còmhdach  
 A sgaras e o chàileanaibh,  
 'S nach fhagadh gráinne leónta ;  
 Innleachd gasta, tha ro-thearc  
 Re fhaicsin san Roinn-eòrpa.

Tha 'n t urram agad thair gach tì,  
 Air innleachdaibh, 's air seòltachd  
 Le d' mhuilnibh grinn, is dhùthaidh still,  
 A chuir an lìn ann òrdaimh,  
 Ge do bhi e 'n diaghaidh fàs,  
 Mar chàrcaich nam brògan

Dh'fhàgtadh leat e ceart co-mìn  
Re sioda thig o 'n Tòlaint'.

Cha 'n èil e 'n taobh fo measg na 'n daoine,  
Fear a dh'fhaolain t fhòlam,  
No aon neach eil' a dh'fheudamaid  
A leige sgaoilt' re h Eobhan ;  
Ge do dh'innsin iad gu mìn,  
Am fad 'sa cian tha m' eòlas  
Cha 'n eil aogas duit re fhaotuinn  
Shaoraibh na Roin-eòrpa.

'S mor a phrís is coir dhoibh iochda,  
Dhuit a 's tir so 'n còmhnidh  
Tha thu 'g ullmhachà gach ni  
Gu teachd-an-tir a's lòn dhoibh,  
Tha thu deasach' a 'n cuid lin dhoibh  
Ann fa 'n tìm bu coir dh'a,  
'S ni thu Chuibhle thèid g'a shniomh,  
A chuir gu grinn ann òrdaimh.

Air leam fhèin gur mor ani bèud  
Thu bhi gun chêile phòsda,  
'S a liuthad riobhain bhàanail, bhèusach,  
Pailt ann spréidh, 's an storas,  
Gà bhuil Màilleachan n'a cluasaibh,  
Chlocha buadh mar òr riudh,  
Bheire buaile dò Chrobb guail-f hionn  
Chionn i bhruannachd còir ort.

Bu tu 'n companach glan, suaire,  
 N' uair ghluaiseadh tu 'n tigh-ofda,  
 Soitheamh, siobhalta, gun tuaisead,  
 Chuir mu 'n cuairt an stòip thu,  
 Cha be mhio-uireachd do 'inhiann,  
 Ach caithream dian air chòrnaibh  
 Ge b'e dh'òladh, sud an tì  
 Nach ob a dhiol, ge b' òr e.

'S beag an t ioghnadh thu bhi duineil,  
 'S urramach do sheòrta,  
 Camashrònach na 'n arm guineach,  
 Dheanadh fuil a dhòrtadh,  
 C'ait' am facas ann an tapa',  
 Thug barrachd air Sir Eobhan,  
 A dh' fhàg le dèudaich ghèir a Claigninn,  
 Sasgannach gun sgòrnán.

'S iomad dùthaich 'nn rabh mo thurus  
 O 'n a rugadh 'nn tòs mi,  
 'S lionar àite chunnaic mi,  
 'S a shiubhail mi o m' òige,  
 Bha mi eòlach ann an Lunnduinn,  
 Muile, a's ann Leòghas,  
 'S tha 'n t urram uile do na chunnaic  
 Thair gach duine aig Eobhan

## ORAN XXII.

*Molaidh do Cholla Mac Griogair.*

*Air fomh,* Ma chuaidh tu nun th'air  
Linntinibh.

NA 'm faicinn Eun a ghiulaineadh,  
Mo theachdaireachd gu 'n stiùrainn è,  
A dh' ionnsuidh 'n òig-fhear chliùtaich ud  
A fhuair mi iùlar còir.  
A dh'ionnsuidh 'n oig-fhear chliùtaich ud, a  
(fhuair mi iùlar còir.  
Tha chomhnuidh shios am Fartaichill  
An t òig-fhear feolta, taipidh ud,  
Tha shiol na 'n comhlan gaasta,  
D'am bi brataichean do 'n t fròl  
Tha shiol, &c.

Do stoc Mhic Ghriogair Ruadh-shruth sin;  
A bha 'n Gleann-liobhann uair-eigin  
Do 'n fhion fhuil rioghail, uafal,  
Ge d' chuaidh 'n ruagadh as an còir.  
Do 'n fhion fhuil &c.

Am fineadh buaghan, buaireasach,  
A thogach suas mar shuaicheantas  
Giùbhas daite, uaine,

N' uair a ghluaiseadh iad air Tòir.

Giubhas daite, &c.

Mo Chompanach grinn, suairce thu,  
 Dh'fhas siobhalta, neo-thuasaideach,  
 Gur conaltradh dhaoin' uaile thu,  
 'N am chuir mu 'n cuairt an stòip.

Gur conaltradh, &c.

'S tigh-òsda cha tu 'n diòbarach,  
 Cha b'e do sheòl a mhùireachd,  
 Ach òl gu dian a piossaibh,  
 A's gà dhioladh mach air bòrd.

Ach ol, &c.

Sar-sgoileir grinn an sgriobhaidh thu,  
 'S tu thairneadh sios gu dìreach è,  
 Air phàpair glan mar ibhiridh,  
 Le inc, 's le it a gheòidh.

Air phàpair, &c.

'N am taoghal ann 's na frìodhaibh dhuit,  
 'S tu raogha, 's tagha ghiomanaich,  
 Le d' ghunna caol, nach diobradh tu  
 Ga shineadh re fear cròic.

Le d' ghunna, &c.

'N uair chonbha' tu 'n cailiòbhar ud,  
 Re d' shùil ga stiùradh dìreach ris,

Bhi ùtlaicheadh nam pìcin leat  
Na shìneadh 's è gun deò.

Bhi ùtlairch, &c

Cha lèir dhamh bèud tha finnteadh riut,  
Mur lèubh iad brèug le mìo-run ort,  
Ach cèillidh, bèusach, siobhalta,  
Fior-fhìrinneach gun ghò.

Ach cèillidh, &c.

Ge d' tha 'n faoghal buaireasach,  
A caonnaig riut le chruaidh chàsaibh,  
Na gabh-sa àdbhar smuairean deth,  
Tha agad snuadh na h òig

Na Gabh sa, &c.

'S ann laidir, òg, 's tu fuafgailte,  
Is fearr a chòirdeas cruadal riut,  
Mun tig na laithin suarrach ort  
A dh'fhuaidhicheas do threòir.

Mùn tig, &c.

O 'n tharladh dhamh bhi tuairnaireachd,  
'S tigh-ofd' ag òl a cuachagaibh,  
Gur h è mo cheòl neo smuaireaneach,  
Bhiodh luaidh air Colla òg.

Gur h e, &c.

Ge d' chosgadh an stop Guini dhamh,  
Gun olamhaid gu criodhaill è;

Deoch-slàinte Cholla Ghriogairich,  
 Fear misneachail gu leòir  
 Deoch-slàinte, &c.

Soraidh 's beanneachd dhùbailte,  
 Le toil mo coriodh, 's mo dhùrachd dhuit,  
 'S gu 'm faiceam fallain, sùnnach thu,  
 Aig giùlan ad' is cleòchd  
 'S gu 'm faiceam, &c.

---

## ORAN GAOIL. XXIII.

*Eidir Fleasgach agus Gruagach.*

*Air fonn, Dhonuil Mhic-Chalum.*

O 'n thanig mi do 'n tìr so  
 Tha m' intinn air dol na tosf,  
 Cuimhneacha' mar bha mi,  
 Se dh'fhàg agam criodhe goirt ;  
 Thoir mo shoraidh 'n dràsta,  
 Do 'n àros am bheil mo thoil,  
 'S è fhad 'sa ghabh pàirt uam,  
 Dh'fhàg mise 'n diu fui' sproc.

Tha mulad air mo lìonadh,  
 'S mi 's tìr so air teachd as tìr

An Seán fhocal mar fhirinn,  
 Bhi 'g inns' o chionn fhadha dhuinn',  
 Gu'n leig duin' air dì-chuimhn'  
 'Ni nach bi 'n sealladh a shùl ;  
 Air leam fein nach fhior è  
 Tha 'm intinn an diu gun mhùth.

Beir mo shoruidh 'n dràst'  
 Do na dh' fhag mi san dùthaich shios,  
 Tha mulad air mo shàruch,  
 O'n thàning mi uatha nios,  
 'S truadh nach 'eil mi 's páirt dhuibh  
 Feadh fàsaich gun duin' ach sinn ;  
 Thrèiginnse mo chàirdean,  
 A's dh'fhalbhainn leat as an tìr.

Ge h iomadh nionag ghaolach  
 Tha 'n taobh so, cha lèir dhamh fèin,  
 Cha 'n fhaic mi measg a h aon diubh  
 Bean aogas na dh'fhàg mi 'm dhèigh ;  
 Do lios mar an fhaoluinn,  
 Fuidh t aodach mar chanach flèibh,  
 Brollach corrach, liontach,  
 Fuidh 'n t siod' air mo chailin fein.

Muneal cearclach, boidheach,  
 A leon' a's a lot mo chrè,  
 Bèul meachair th'a neo-bhòsdail,  
 Nach mòidich air neach droch-sgèul ;

Do dhèud gheal mar an neònaín,  
 Gun sgorachd a steach a d' bhèul,  
 'S binneadh leum do chòmhradh,  
 Na 'n smenorach air bhàr na 'n gèug

Tha thu pailt an cèill,  
 'S tu ro-bhèufach ann càint do bheóil,  
 Aig na thug mi spèis duit  
 As t èugmhais cha bhi mi beò,  
 Ge d' thèid mi chóir na fèille,  
 Cha lèir dhomh i falbh air bròig  
 Cha 'n fhaic mi measg na 'n cèudan,  
 Bean t èug'ais, a riobhain òg.

Nach truadh leat fein mar thà mi,  
 'S nach airidh leam neach ach thu,  
 Feitheamh air do chàirdeas  
 Gach la, 's tu ga m' chuir air cùl,  
 Nach aidmhich thu do ghràdh dhamh,  
 'S na áich-sheun mi choidh' ni 's mò  
 'S mur furtach thu trà' orm,  
 Càith'ear leat mi san ùir.

*Ghruagach.* Ma thug thu do ghràdh dhamn  
 Bu chàirdeal mi riut o thùs,  
 'S a choidh cha 'n fheud thu ràite  
 Gun d' fhàillin mi riamh 'sa chùis,  
 Ach tog do chriodh on làr,  
 A's gu bràth na ceil orm do ghuìs,

S gus an sgar am bàs finn  
 Cha 'n àichsheun mi idir thu.

*M Fleagach.* Ciod ge d' tha thu 'n dràsta  
 Ro-fhàbharach, cairdeal, ciùn,  
 Mun tig ceann an Ràidh' oirn,  
 Fasuidh do ghradh dhamh dùr  
 Meallaidh tu gach là mi,  
 Le cairdeas o d' chriodh dùint' ;  
 'S ma thig fear eile 's fhearr leat  
 Mis fhagail 's mo chuir air cùl.

*Ghruagach.* 'S olc a rinn thu ràite,  
 'S nach d' àichsheun mi dhuit mo rún,  
 Mo chriodhe laist' le gradh dhuit  
 Gach la o na dh'fhag thu 'n duth'ch ;  
 Cha do bhris mi òrdanbh,  
 No cómhail a chum thu rìum,  
 'S truadh dhuit a bhi 'n cómhnuidh  
 Ann dòchas gu meallainn thu.

*Ile.* Marbhaifg air a ghaol  
 Tha è daonan ro-aobhach, òg,  
 Ach 'n uair theid e 'n aois,  
 'S ullamh chaochaileas e gu bròn,  
 Mar an drùic a dh'èirgheas  
 O fhèur' 's e dol suas na cheò,  
 'S ionnan sud 's an gaol  
 Thèid e eug dhuit, mar lus gun treoir

*Gru.* Na biodh-sa fuidh bhròn dheth  
 No 'n dochas gun deach e éug  
 An gaol a thug mi òg  
 Sè mo dhoighse a bhi d'a rèir  
 Na 'm biodh do chriodh co-deoineach  
 'S tha 'n comhradh tha teached o d' bheul,  
 Dhaindeoin na bheil beò  
 Bhiod-mid posta le toil na Clèir.

---

## ORAN XXIV.

*Do 'n Ghruagaich cheudna, leis an Fhleasgach.*

*Air fonn.* Cha n' ionndraichean caidil a th'orm.

THA truime air m' intinn  
 Mun sgèul than' anois oirn,  
 Cha 'n è cumhadh na h ionaig tha m' leòn  
 Cha 'n è cumhadh, &c.

Ge d' a tha mi as t aonais  
 Cha tu tha mi caoineadh  
 Ach 'mhead 's thug mi m' ghaol duit 's mi òg.  
 Ach 'mhead &c.

Ge d' a chuir thu do chùl rium,  
 'S nach b' fhiú leat mo phùsadh,  
 Cha 'n islich 'mo shùgradh gu bròn.  
 Cha 'n islich, &c.

Ge d' a rinn thu mo thrèigfinn,  
 'S mo dhiùltadh mar chèilidh,  
 Cha 'n è tha gu lèir a cuir orm  
 Cha 'n è tha, &c.

Ach mí bhi co-bàidheil  
 'S gu 'n tug mi mo ghrâdh dhuit,  
 Agus thusa thoirt tair dhauh na lorg.  
 Agus thusa, &c.

C'uim' nach dubh'rt thu gu faoilidh  
 Nach b' fhiù leat mo thaoibhsinn,  
 Mun do mheall thu 'uam gaol a's mi òg.  
 Mun do, &c.

Cha 'n 'eil i do 'n àl fo  
 Do mhnaoi òig a shiol Adhamh,  
 D'an tabhair mi 'n gradh thug mi 'n tòs  
 D'an tabhair, &c.

'S maирg a bheireadh a rùn doibh  
 'S bhi sìor fhaotainn diùltaidh,  
 'S mor a b' fhearr bhi gun phûsfadh re 'm bheò.  
 'S mor, &c.

Ge do labhradh i ciùn rium  
 Aig deanamh rium fùgraiddh  
 Bhi a criodhe do-lùbaidh a' m' choir.  
 Bhiodh a crioc, &c.

‘S sad a dh’fhuiridhinn mar tha mi  
 Mun tugainn mo ghradh dhoibh  
 Ge do bhithinn gu fàs aris òg  
 Ge do bhithinn, &c.

O’ na bha thu ‘m brath-foill damh  
 ‘S gun a dhiùlt thu mo choimhneas  
 Cha ‘n fhiù leam bhi t fhaineachd ni ‘s mo.  
 Cha ‘n fhiu, &c.

---

### ORAN XXV.

*Molaidh do Mhnaoi uasail arait.*

*Air fonn.* Nochd gur faoin mo chadul  
 dhamh, &c.

THA smaointin tric air m’ aithre-se  
 O ‘n taice so la ‘n de  
 Mùn riobhain uasail, bharrail,  
 A chúil bhaclagaich, chruin, rèidh,  
 Ge h iomadh àit’ na thachair dhamh  
 O na chuaidh flat a’ m’ lèin  
 Cha ‘n fhiosrach mi gu ‘m faca mi  
 Thug barrachd air a bèus.

Tha i suairce, siobhalta,  
 Ro-ghrinn ann caint a beòl

Cumadail, deas, fionannta,  
 O mullath sios gu bròig ;  
 Tha i fior-ghlan, innealta  
 'S i caoineil, criodhail, coir,  
 Tha i uafal, iriosal,  
 'S i cionnadal gu leoir.

Tha i stuama béusach,  
 'S i ro-chéillidh o h aois oig,  
 Cha chualas 's cha bu leir dhamh  
 Bheg d'a h èugcoir air aon dòigh,  
 Tha i caonail, càirdeil,  
 Gun bhi ardanach n'a feol,  
 Ach riagh'iteach, fialaidh, fàbharach,  
 Gu ciallach, nàrach, seolt.

'S i Ban-riogh na 'n ainnir i  
 Dh'fhas barraicht' air gach feol,  
 'S i 's grinne cùm 's a's uallaiche,  
 Tha 'g iomachd uachdar feoir,  
 Bu riamhach, gniomhach, suairce leam,  
 A gluasada gach lo,  
 Tha grinneas na mna' uaifle,  
 'S na ban-tuathanaich na dorn.

'S i 'n rìobhain a dh'f hàs siobhalt' i  
 Gun mhio-n-hodh neach tha beo  
 Tha déud na bèul mar iobhori,  
 'S i meachair, grinn gu leoir,

Da shiùl niheallach, mhiogach,  
 'S mar nà fioguisean a pòg,  
 'S a gruaidhin mar Bhermillion  
 No mar bhiveagain nan ròs.

Mar lili fàs ann gàradh thu,  
 Mar ròs fui' bhlà air gèig,  
 Mar chriostal glan do bhràgad-sa  
 A dearsadh ris a ghrèin,  
 Troigh chuimir am bròig bhò-leathair  
 A shiùladh ròd gu rèidh,  
 Le d' chalpa còmhnard, foichdrach,  
 Nach dochuinneadh am fèur.

Slios is gile channaiche  
 No 'n canach air an t sliabh,  
 Mar neonain geal na macharach  
 Fuidh 'n anart, a tha bian,  
 A h aghaidh mhalta bhanail,  
 'S da mhala, 's grinne fiamh,  
 Le Brollach far-gheal corrach,  
 Dearlach, soluis, mar a ghrian.

'S cùbhraidh leam no 'n canal, fail'  
 A h anail teachd' a' m' chóir  
 'S milse no cir-mheala dhuit  
 Am blas tha air a pòig ;  
 Mar smeorach air na crannaibh i,  
 'N uair theannadh i re ceòl,

Re fuaigh'l 's re feinn air luinneagaibh  
 Ánn uinneagaibh 'n tigh' mhòir.

'S maith thig deise chaillico  
 Do 'n ainnir bhanail, stuam,  
 Staidhis grinn o n bhan-fhualaich  
 Ga theanacha mu 'n cuairt,  
 Le *Petticoat* bu riomhaiche,  
 Bu ghrinne ghile snuadh,  
 Le Culaidh mhullaich, riobanaich  
 A b' innealta cuir suas.

'S beag iognadh thu bhi priosail,  
 'S tu bhi shiòl na fola còir,  
 Caimbeulaich do shinnsearachd,  
 Co-fhirinneach 's tha beò,  
 Gur lionar iad air chursanaibh  
 Le 'n Gùnaichibh do'n t fròl,  
 Tha dileas dhuit-se dù bailte  
 Aig giùlan ad, a's chleòc.

C'ait a 'n gleidhir cèile ghlan,  
 Do m' choilin bhéusfaich, chòir,  
 Bu mhòr am bêud gu'n geilleadh i  
 Do fhear gun chéill, gun stor,  
 'S gur leannan do dhuin' uafal i,  
 An ainir shuairce òg,  
 Le oighreachd barain fuaighe ris,  
 A bhùannaich e le còir.

Do bhèusan tha do-aireamh dhamh  
 Thug bàrr air càch 's gach seòl,  
 Gur cuis chuaidh thair mo smuaintinibh  
 An cnuasachd mar bu còir,  
 Do bhuadhannan co-lionmhòr  
 Is nach innsin iad re m' bheò,  
 'S ge d' thug mi pàirt dhuibh thairis  
 Choidh' cha' n airisín gu leòir.

Ge d' theann mi re d' bhèusan,  
 Chuir ann cèill dóibh air gach dòigh,  
 Cha 'n 'eil a theangaidh m' bhèul-fa  
 Na lèubhadh iad air chóir,  
 Cha chualadh mi, 's cha 'n fhaca' mi  
 Cha d' chuir i cas a'm bròig,  
 No bhuiteadh cìs ann siobholtachd  
 Ort fein, Chatriana òg.

---

## O R A N XXVI.

*Molaidh do Fhleasgach arайдh ann an eiric  
 Biodaig.*

*Air fonn, Coille-chnagaidh*

**G**U 'm bu flàn do 'n òg-fhear chalma,  
 Thug an armachd dhomh-fa,  
 'S è thusa dh' fhalbh a nun thair fairge,  
 Dh' fhàg gach là fui' bhròn mi,

Ach ma chuaidh tu uainn air astar  
 Dh' fhaighinn arain, 's beò-shlainte,  
 Gu m bu fallain do theachd dhachaidh,  
 'N talladh gu' m bu chóir dhuit.

Nàile, 's mise fhuair a bhiodag  
 Air mo chrios gu h òrdail,  
 Cha 'n fhaighinnse ni b' innealta,  
 Ge d shirinn an Roin-eòrpa,  
 Gur mor an toileach-intinn leam  
 'Nuair chìdh mi ann a' m' dhorn i,  
 Bheireadh i 'n àm siubhail oidhche  
 Misneach dhian a's treòir dhamh.

'S ann is t sheachdain fo chuaidh seachad  
 Ghabhas cead do'n òg-fhear  
 'S deise d' an tig fèile bhreacain  
 Air a pleata 'n ordamh,  
 Gun 'chron cumadh ort o d' mhullach,  
 Cumadail gu d' bhrògaibh  
 Calpa 's fochdraich' thèid ann ofan,  
 'S troigh nach dochuinn feòrnain.

Do shlios mar chanach, bian mar eala,  
 Do chruth tana, comhnard,  
 Dèud mar chailc, a'd' bhéulan daite,  
 'S i co-geal re neònain,  
 Dà-shùil chaogach, sheallas aobhach,  
 Mhealladh gaol na 'n òighean,

Gruaidh mar chaoran, mala chaol ort,  
Sios fuidh t aodan boidheach.

'S iomadh riobhainn ladhach, riomhach,  
Th' ann fan tir fo'n geall ort,  
'S a dh' fhàg thu 'n criodhe mar a ghriòsfach,  
Gu's am pill thu nall riù,  
Cha ruig mi leas bhi da innse,  
Bheirinn fhein mo lamh dhoibh  
'S truagh gun mi bhi ann a'm' nìonaig  
'Sa bhi dhiobhail aon rud.

Ochain ! 's truagh dhamh gun bhi m' ghruag-  
Bharrail, uallaich, bhoïdhich, (aich,  
Ge d' bhi agam àit' a b' uailse,  
Bu leat uam mo choir dheth,  
'S fhada a shiùbhlain leat a' m' dhùthaich  
'S chuirinn cùl re m' bheò ria,  
Chaoi'dh gu brath cha n iarrain dachuidh,  
Chionn gu 'm faighinn pòsd thu.

Tha thu fiòbhailt' ann a t intinn  
'S firìnneach a' d' chàint thu,  
Meòir is grinne a ni sgriòbhadh,  
Dheachda' sios neo-mhall è ;  
C'ait am facas ann fan tirr so,  
Bhuidhneadh cìs le peann ort ;  
Sgoil-fhear thu lèubhadh am Biobull,  
'S Mhìnichheadh gach rann deth.

‘S deas a thig e ‘n óg-fhear thaipidh,  
 Dhag a chuir re chruachainn,  
 Gun mheirg a bhi air taraing dhith,  
 Gu srad thoirt ann am cruadail,  
 An diaghaidh sgùradh, air a h ùille,  
 Cuimseach re h uchd bualaidh,  
 ‘S i nach diàltadh srad an ùird,  
 A chuir fan f'hùdar-chluaise,

O ! gur minig thug do chinneadh,  
 As an iomairt buaigh leò,  
 Griogaraich le ‘m biodagaibh,  
 Nach pilleadh an àm tuasaid,  
 ‘S tric a gabh iad Mireadh-chatha  
 Chum an latha bhualadh,  
 ‘S leat na Mèinnearaich o ‘n Apuinn  
 Chuireadh cath le cruadal.

Air leam fein gur mor an t èibhneas  
 Do aon tè gheibh pòst thu,  
 Oir ge d ‘s mor a thug mi spèis duit,  
 Cha toir Clèir dhamh còir ort,  
 Shiùbhlain fein leat do Shimèaca,  
 Chionn ar ‘n èibheach pòsta  
 ‘S a chiodh’ cha tréiginn thu mar chèile  
 Ach thu f'hèin bhi deòineach.

Ge d’ bhi agam-sa Loch-ábar,  
 Sasgunn, ‘s an Roin-eòrpa

Ge d' fhaighinn coir air na tri riochdaibh,  
 Fuidh laimh sgriobhaidh Dheòrsa,  
 Ge d' bhi agam fèin r'a chùnnadadh,  
 Mile crùn do 'n òr dhuit,  
 Bheirinn uam e chionn bhi m' inghin  
 'S finn 'n ar dithis pòsda.

Tha thu bèufach pailt ann cèil  
 Mur cuir iad brèug ro-mhor ort,  
 'S mor dhamh fein a chuir ann cèil  
 No léughadh mar bu chòir dhamh,  
 Mhiad 's tha bhèusaisbh saor do eacoir,  
 Ann à d' chrè neo-spòrsail,  
 B' àdbhar eagaill dol a'm bhréislich,  
 Bhi ga 'n leagadh 'n òrdamh.

Tha cho-lion-mhor buaidh riut sinnte,  
 Re chuir sios le feòltachd,  
 Ge d' a theannainse rà mhineach  
 Racha m' intinn górrach  
 Ach fe ni mi sgur do 'n innseadh,  
 Ann san tìm bu côir dhamh,  
 'S gu 'm bu flàn do 'n òg-fhear innealt  
 Thug a bhiodag dhomhsa.

## ORAN XXVII.

*Molaibh do Jan Mac-an-t-saoir Maighisdir  
Sgoile Mhoir-innis.*

*Air fonn, Laoidh Mhic Chithich*

**T**HA agam dhuibh sgèul

Ra leubh, gun bhrèug gun bhòsd,  
A's chuirin è 'n cèill  
Na 'n eisteadh sibh mar bu chóir,  
Gu 'n labhrainn le céill,  
A's le teangaidh gun bhréig, gun ghò,  
Mun bhuachaile thrêin,  
A sdiúradh a thrèud gu lón.

Ge d' tha sinne gun fùil

Tha again ceann-iúl 'n ar còir,

Dol romhainn gu ciún

Ni farasta dhùinn an ròd,

G'ar seòladh 's gar stiùr'

Ra 'n leanadh maid dlù a lorg,

Tha rèiteach gach cùis,

'S a toirt foillearachd dhuinn a dorcha.

Tha thu freasdal d' ar fèum

A's d' ar teagafsg ann cèill gach lò,

'S tu ar 'n iocfaingt 's ar lèigh,

Fear leigheas ar chrèuchdan leòint,

'S tu choisgeadh gach èagail

Bhuineadh gu gèur re 'r feóil

‘S mar bu dual dhuinn dol èug  
 Gu ‘n cumadh tu fein sinn beò.

‘S ann dhuinne ‘s mor fhèum  
 Tha ‘n garadh dhuit fein gach là,  
**O** ‘s tusa ar lèigh,  
 ‘S tu chuireadh re ‘r crèachdaibh plàst,  
 Gheibh an ti tha lan èaslaing’,  
 Eagail, galair, no plaigh,  
 A leigheas gu leir,  
 Mur biodh aige ‘n t èug, no ‘m bàs.

’N am tannis is cruaid-chais  
 Gluaifidh chugad na flòigh,  
**O**ir agad gach uair  
 Tha fuasgladh ealamh gu leòir,  
 Ge d’ ruigì’mid ’s buaireadh  
 Fuaighe daingean ‘n ar feòil,  
 Gu ‘m fuigheamaid uait  
 Lan-leigheas gun luach, gun òr.

A Deas, no a Tuath  
 Da ‘n gluais neach èaslaing’ a d’ choir  
 Le èagail co-thruagh,  
 ‘S gun a thruail a ghalar an fheoil,  
 ‘N uair lèubhadh è chruai.chas  
 Bheireadh tu fuasgladh dhò ;  
 Le h ìochd a’s le truas  
 Gu ‘n ceangladh tu fuas a leòn.

'S mor do ghibhtin o 'n Triadh,  
 'S tu 'n sgoileir fa'n diadhair mor,  
 Tha cogadh gu dian  
 An aghaidh an-mhiann na feol',  
 Tha t aireadh 's do mhiann  
 Air maitheas an cian 's is bed,  
 G'ar tarruing chum ciall,  
 O 'n t saoghal 's sinn dian n'a thòir.

Dia-domhnich bidh 'g iath',  
 Na 'n ciaduibh umad na slòigh,  
 O 'n Ear a's o 'n Iar,  
 Aig cruinneach' gu dian a' d' chòir  
 'N uair a shuidhe tu sios  
 Gu diadhaidh, farasta, foill,  
 Bu chriodhe mar iar'n,  
 Nach tiomaiche' briath'r do bheòil.

Ard sgoileir an sgrìobhaidh,  
 A thairneadh gu direach seòlt'  
 'S tu b' uarrain am Biobull  
 Mhìneach thairis gu leòir,  
 Ge d' shuidhinn leat sios  
 An oidhche fhada air bсрd,  
 Cha ghabhainn bonn sgios,  
 Bu bhìn leam airis do sgeòil.

Marbhaisg air an trèud  
 Chuir a thalamh na h Eiphit thu,

Thug t aran a d' bhèul,  
 An sgèul bha muladach dhuinn,  
 Dh'fhag iad sinne mar sprèidh,  
 Gun bhuachaille gleidht' re 'r cùl,  
 Gun lithich, gun lèigh,  
 Ge d' bhidhe ar crèachdan brùit.

Ach gu 'n seòladh an t ard Righ,  
 Gillean gu Phàro à nùn,  
 Maois, agus Aaron,  
 Teachdairin laidir, ciùn,  
 G'a lotadh le plàigh,  
 Mur leig e gun dàil thu d' Dhùth'ch,  
 Do thalamh Chanaan  
 An t áid' ann rabh thu o thùs.

'S mor t ionndrain do 'n t fluagh  
 A cleachd bhi air uaribh leòint',  
 'N uair chladh'clear dhuit uaigh,  
 'S a chàirtheair air t uachdar foid,  
 Mo thruaigh sinn fhein  
 Mu 's fhèadur bhi d' dhèidh-se bed,  
 'N uair thig ort an t èug  
 'S a dh'fhàgar do chrê gun deò.

C' uim' an ceilin gun innseadh  
 An ti so rinn mi a ràdh,  
 'S tu 'n ioc-shlainte phriosail  
 Dheanadh 's gach tìm dhuinn stà,

S tu bheireadh dhuinn faorsa,  
 A s faoch o'r 'n èagailibh plàigh,  
 Ach Ian Mhic-an-t-faoir,  
 Gu maireann do shaoghal, 's do là,

---

## ORAN XXVIII.

*Molaidh do Dhonnacha Taileir, airson a Sheoltachd ann an tarruing Rod-mor an Comb-sheilg Ghlinn-lochidh,*

*Air fonn.* Let us be joyful, fill our glasses.

LATHA dhomhsa siubhal ròid  
 Air feadh Ghlinn-locha so shuas,  
 Tháchair comhlain dh'fhearaibh cròdh orm,  
 Deanamh roidean-mora nuadh ;  
 Armachd aig gach fear na dhôrnaibh  
 Còmhrag ris na creagaibh cruaidh,  
 An Caiptean air an cean gu seòlta,  
 Cuir ann ordainh a chuid fluaigh.

Ge do bha do naimhdean làidir,  
 Cha deach aon diubh sabhalt' uait,  
 Dh'fhag thu loite iad san àraich,  
 Agus thàr thu orra buaidh,  
 A choill' a dh'fhàs gu freamhach, geugach,  
 Bhi ga rèubadh as gach bruach,

'S na creagan beisdeil ann 's a ghèisgeil  
 Dol na 'n leum 's na speuraibh suas.

Thilg thu 'n uchdaich ann 's na flochdaibh,  
 'S tha gach cnoc a bh'ann air chall,  
 Dh'fhág thu sochdrach an cùm dochdrach  
 Chor 's nach bi ar coiseachd mall,  
 Chuir thu guitear ann 's gach fèithe  
 Drochaid rèidh dhuinn air gach ault,  
 Causair cloiche air gach rumainch,  
 Ceart co-grinn 's tha 'n Luinin thall.

'S miorbhuiileach am beachd tha d' shúilibh,  
 'S ann a 'd cheann tha 'n tùr do-luaidh,  
 'S a liuthaid creag, a's preas a's dùslainn,  
 Bha re dhùsgadh as an suain,  
 An t àite a bha na fhàsach ùllaidh,  
 'S creagan duinte ann man cuairt,  
 Dh'fheuda' Ri air mead a chuirte  
 Dol gu siùbhlach, lùghmhòr, suas.

Bi Chomh-sheilg an t àite bèisdeal,  
 Gus an deach thu fhein g'a còir,  
 Ach tha i noise na blar-rèise  
 An diaghaidh rèiteachadh gu leoир ;  
 Cha 'n eil flochd no cnoc, no feith' ann  
 Ach co rèidh re urlar bhord,  
 No causair grinn a chosnadh gill  
 A's air an ruibhleadh ubhal òir.

Thug thu 'n rathad 's cha b' e 'n diù e,  
 As na cùltibh bha san fhroig,  
 An t àite b' àbhaist bhi o thùs  
 Na chuilidh ùrr-uifgin nan còs ;  
 Cha do ghabh thu moran ùine,  
 N' ar a dhìlùthraig thu g'a choir,  
 Gur h iomadh fear a bhi ag ùmhnaich  
 Ann 's an dùslain ud re bheò.

Dh'fhàg thu Larig-lochain comhnard  
 Bha g'a 'n leonadh a's g'a 'n claidh,  
 Tha monadh dhoibh na rodaibh móra'  
 Cha 'n eil feòl aca air caoidh ;  
 Thuair iad rathad chuir na móineadh,  
 Choidhch' cha leòn na h eich an druim,  
 Dh'fhàg thu Deis-thir, a's Gleann-locha  
 'M fad 's a 's beò dhuinn ann deadh phuinc.

Tha do dheanadas a dearbhadh  
 Nach eil cealgoireachd a' d' ghniomh  
 'S mor an dreachd a chuaidh riut earbfa,  
 Bu neo-clearbach thu g'a dhiol,  
 'S oifigeach thu aig Braidealban  
 Air na fearaibh calma grinn,  
 Gur Caiptean thu air thús na h armait  
 Air gach maraga ann Cill-fhinn.

Nam do 'd rangaibh bhi ga 'n dùbladh  
 Chum gach cùis a chuir gu feòl,

Bidh feadan rèidh ag glèufadh ciùl duit,  
 Speicin ruisgt' air t fhearaibh òg,  
 Cha bu shùgradh bhalach brùideal  
 Thagradh cùis diot thair a choir,  
 Le d' lann dhù-ghorm, dhaingean, dhùbailt',  
 Sgaiteach, rùisgte, ann do dhorn.

Dhonnachaidh Bhain, stu b'fhiach do mholadh  
 Thair gach oifigeach san riogh'chd,  
 C'ait' an d'fhuaras amach t fhàilne  
 Ann aon àite 'n rabh do ghniomh,  
 'N onoir a fhuair thu a' d' dhùthaich,  
 Ghleith thu cliùtach i gun spìd,  
 'S ge d' fhaighe tu 'noise 's maith a b'fhiù thu  
 Thu, *Pension* dùbailte o 'n Ri.

---

## M A R B H   R A N N   XXIX.

*Do Dhonnacha Mac Ghildhuinn*  
*Air fonn. Deilbh a Ghuinn.*

**O** Fhèill-mairtin fo chuaidh  
 Fheair mi 'n t saighid a chràidh mi,  
 Chàill mi 'n companach suairce  
 Bha re m' ghualain mar blàthair,  
 Se ch'fhàg m' inntin fui' mhulad  
 'S fuidh dhuilichin chráitich,  
 Thu bhi 'n uaigneas fuidh dhubhar  
 Ann ciste chumhaing na 'n tairngin.

'S e dh'fhàg mise lan airsneil  
 Agus m' aigne neo-shùntach,  
 Bhi g'a t f haicsin a m' chadul  
 'S gun thu acam n' ar dhùisgim,  
 Ge do ruigeadh mi 'n t àros  
 A minic bha mi 's tu fùgradh,  
 'S ann thig deoir air mo ròsgaibh  
 Agus frasadhl o m' shùilibh.

'S beag an t iongna dhamh fhein sud  
 'S tric a b' èibhin leinn gluasad,  
 Agus suidhe le chéile  
 'A lèughadh ar cruadail,  
 Se dh'fhág m' inntin fui èaslaingt  
 'S ga rèubadh san uair fo  
 Nach tig thu ga m' èisteachd  
 'S mi lèughadhl mo dhuain duit.

Ge do thèid mi do 'n chlachan  
 Cha 'n f haic mi mu 'n cuairt dhamh  
 Cha lèir dhamh fear tèugmhais  
 Measg chèudan do shluagh ann  
 Bu tu 'n companach firinneach,  
 Siobhalta, suairce,  
 'S o thòisich an geamhraidh  
 'S mor an ionntraichian uam thu.

'S mor bha chéill, a's do ghliocas,  
 'S do dheadh ghibhtinibh fuairte,

An taic ris a chreàbhaig  
 Do 'n do rèitich sibh 'n uaigh ud ;  
 Bu neo-chronail a ghiulan  
 Ann-sa 'n uine a fhuair e,  
 Ann am fàsach an t saoghal  
 Tha daonnan g' ar buaireadh.

Tha do pharanta brònach,  
 'S iad ann comhnuidh fuidh smuairean  
 Am feadh fa 's beo iad air thalamh  
 Cha bhi iad folamh do bhruaidlean ;  
 Chaill do mhàthair a misneach,  
 'S tric snigh air a gruaighibh,  
 O'n la dh'fhàg iad thu t aonar  
 Ann an seomar na h uaighe.

Tha do bhraithrean dheth dubhach,  
 Tha do phiùthar ro-chràiteach,  
 Tha lion-dubh air a 'n cuibhreach  
 Sior chùimhneach am brathar,  
 Chaill iad àdhbhàr an fùgraiddh ;  
 Bu tu 'm fiùran deas, àluinn,  
 Orra thanuig an diobhail  
 An lath dh'inntrin am bàs riut.

C' uaim' bi iad fui smuairean  
 No fui' bhruaidlean gach lath dheth,  
 'S a neach is treise n'a ghualinn  
 Gur dual-chas am bas dha

‘S mor an àdhbhar bhi sunntach  
 Agus cliù thoirt do ’n àird Ì  
 Gur e ’n Tì a thug uath’ è,  
 Thug fan uair è gu Pharras.

Na bidhibh fuidh thrioblloid,  
 No air criodhe dheth cràiteach,  
 Cha lamh fheola thug uaibh è,  
 ‘S cha bu shluagh rinn bhur fàilne,  
 Ach se ’n Tì rinn a chruthachadh  
 Bhuain an t ubhal ’s a gháradh,  
 Ge d’ do ghearrar leis meanglan  
 Tha meoùr eile a fàs ànn.

Ge d’ tha sinne fuidh mhulad  
 Agus duilich mu dhèibhin,  
 Si sud slighe gach duine,  
 Th’againn uile re fhèuchainn ;  
 ‘S ann bu coir dhuinn bhi ullamh  
 Feathamh ’n t sumana chèudna  
 Ge d’ is dail dhuinn, cha ’n fhuirich  
 Ach theid sinn uile na dheidh-se.

O se ’m bas ni bu coir dhuinn  
 Bhi ’n comhnuidh ’n ar smuainibh,  
 Air lochrain lan ghràsan  
 Bhi dearla man cuairt dhuinn,  
 Biodh air criodhachan lionta  
 Do fhirinn neo-thruaillidh,

'S do la, a's do dh'oidhche  
Feathamh Rì ud na 'n uabhas.

---

## LUINNEAG XXX.

*No OranLuaigh, rinneadh an Eiric Bata, Biodaig,  
agus Daig.*

*Air fonn, Tha na Gibil Ur, nodha.*

**A**N sgriob a thug mi dh'Obair-pheallaidh  
Cha d' thànaig mi folamh dhachaidh,  
Fhuardas Biodaig, agus bata,  
Agus dag re m' chruachain.

*Luinneag.*

Tha mo bhata ur, nodha,  
'S tha mo bhata fior-laodhach,  
'S o na fhuardas è gun tathaich,  
Seinneam caithream suas air.

Fhuardas bata grinn o Thearlach,  
A's chuir Alastair a 'm fainn' air  
A's chuir an Gobhain ann-sa cheardaich  
Brog do 'n stailin chruaidh ann.

Tha mo bhata, &c.

Gu 'm bu flan do 'n fhleasgach ghreannar,  
Thug am bata ann mo lainih-se,

Chuir e bachlag air a cheann,  
 Chuaidh thionnadh's a bheairt-thuairneir.  
 Tha mo bhata, &c.

N'ar thog mi leis na seòil gu h iomachd  
 Ga bu chomhrug, cha bu ghiorag ;  
 Bata ann am' làimh gu h innealt'  
 'S biodag air mo chruachain.

Tha mo bhata, &c.

Na'n èireadh stuagh a' m' ghruaidh le angar  
 Dhol a smuachadh chnuac, a's cheann leis,  
 Bhiodh e seannsmhor ann san àm  
 Am bithinn ann fa 'n tuasaid.

Tha mo bhata, &c.

'N àm bhi 'g ol, no pòit air dram,  
 Bu inhaith leam daonnan ann am làimh è  
 Ge d' bhi 'n daorach ann a m' cheann  
 Cha 'n aom mi 'nn staing d' am luathre

Tha mo bhata, &c.

Cha 'n 'eil fear a chi a' m' dhorn e,  
 Nach biadh tionndà rium a dh'fheoraich.  
 Ciod an t àit 'n do thar thu 'n tós  
 Am bata boidheach, snuagh-mhor.

Tha mo bhata, &c.

•S e Tearlach Manrodh an t ògair  
 A thug dhamfa 'm bata òr-bhuidh,

'S ge bu leamsa an Roinn-eorpa  
Bhi' mo choir ris fuaighe dhi.

Tha, &c.

'S truagh gun mi bhi 'n tùs na h òige  
'S ann a m' riobhainn chàl-duinn, bhoidhich,  
'S fhada shiùbhlain leat a' m' eòlas  
Dhol gu d' phòsadadh am fuadach.

Tha, &c.

Lamh is grinne air gach feòrtadh  
Chuireadh cuibhle 's crois ann ordamh  
'S mor an fòlas do mhnaoi òig  
A gheibh do phòg ann uaigneas.

Tha mo, &c.

Gheibhte sud ann tigh an àrmuinn  
Iomadh toradh, tuadh a's fàubha'  
Boirealan a's gilbean stàiliinn,  
Chuir do cheard an uaisteadh.

Tha mo bhata, &c.

Mur sid a's gramaiche maith làidir,  
Chumadh greim 's nach deanadh failne  
'S ge be chuireadh mhiar an fàs ann  
Bhiodh e 'n cas air futasgladh.

Tha mo bhata, &c.

Tha e caoin-glan air a thionndadh  
'S lionmhòr fear a tha ga shanntach,

Cha toir tomhas paitl, no gann,  
Do òr an Fhrancaich 'uam é.

Tha mo bhata, &c.

Soraidh flàn do 'n laimh thug dhomhs' e  
'S mor an fòlas leam a' m' dhòrn e  
'S gu'm bu fada fallain beò  
Do Thearlach òg an tuairneir.

Tha mo bhata, &c.

### O R A N XXXI.

*Moladh do Ian Mac-a-Phearsain.*

*Air fonn, Marbh-rann Dhonnacha Mhic-*  
*Ghil-dhuinn.*

### IAN OIG MHIC-A-PHEARSAIN

Gur tu 'm fleasgach glan, spèiseil,  
Fiùran ceanalta, suairce,  
Da 'm bu dual a bhi trèubhach ;  
'S e mo chreach a thug uain thu  
Air ghluasad a dh' Eirinn,  
Ghiùlan musg air do ghualain,  
Crios-guail'n , agus Bèigneid.

'S maith a thigeadh dhuit breacan  
Air a phleata a' m fèile,  
Agus lèine do 'n anart.  
A bhiodh mar chanach an t flèibhe ;

Thigeadh boineid o 'n bhùth dhuit,  
 Rachadh crùinntin na h èiric,  
 Air a cocadh le ribean  
 A's dos a dh' iotaibh na Pèucaig.

Tha do mhuintir fan uair so ,  
 Fuidh smuairean mu d' dhèibhin,  
 Tha bhi' nois' ga d' thoirt uatha  
 A's nach d' fhuair iad dhoibh fèin thu ;  
 Tha do mhathair fuidh mhi-chion  
 Mar mhnaoi dhiobhail a céille,  
 Caoidh nach d' fhuair thu do siochaimh  
 'S gun an Rì a bhi 'n déidh ort.

Tha do phiuthair dheth cràiteach  
 'S do bhraithrean fuidh bhruaidlean,  
 Thu bhi' noise g'am fàgail  
 Ann a' m bàta air chuantaibh  
 'S truagh a chaoidh th' aig do mhathair  
 Ga t ionndraigheann uaipe,  
 Dh' fhàg sud gun àdhbh'r ghair i  
 Mar gu'n càithricht' ann uaigh thu.

'S beag an t iongna mar tha i  
 'S gur tu h ailleanan suairce,  
 Nach fhaiceadh a fàilne  
 'S nach fàgadh i 'n cruai-chas ;  
 'S e leag a criodhe gu lathar  
 A's a dh' fhàg air dhroch shnuadh i,

Nach fhaic i measg chàich thu  
Air an t-sraid mar bu dual dhuit.

San a dhearbh thu do chruadal  
‘Nâm dhuit gluasad a’ d dhùthaich,  
’N uair theann iad re tuasaid  
Ribh, an sluagh bha gun iúl ac’  
Chuir thu cath ann san uair’ ud,  
Choisín buaidh agus cliù dhuit,  
Dh’ fhàg thu naimhdean ‘n an cadal  
A crathadh ‘n cas air do chùl-thaobh.

A dol a’ steach ann ‘m Peairt duit  
Gu ‘m bu ghasd an lamh fhéum thu,  
‘Nuair thosaich an t-sabaid  
Bh’ agaibh ‘m-baile na beurla,  
Le d’ ghuidseal maith daraich  
Gearradh chlaigean ‘s ga ‘n rènbadh,  
Rinn thu lamhacha taipi,  
‘S chuir thu sgap ann ‘s na bèis dibh.

‘S iomadh fear a fhuair àite  
Nach deachaidh ‘n fàs co-teann riut,  
Rinn thu neo-chas do ‘n chruai-chas,  
‘S thug thu buaidh air do naimhdean !  
Ge d’ thigeadh *pension* o’n Chrun duit  
‘S maith b’ fhiu thu san àm è,  
No ardacha paighidh  
A gus àite Cumanndair.

Ach ma ni thu ar fàgail  
 'S truagh a ghàir bhios mu d' dhèibhin  
 'S cha'n iad uile do chàirdean  
 A dh' fhàg thu fuidh dhèuraibh  
 Ach an riobhainn is àilte  
 Thug gràdh, agus spèis duit'  
 Tha i 'noise gun fòlas  
 'S ro-bhrònach as t-èug'ais.

Ge do bhithinn na h àite,  
 Bhithinn cràiteach a' d' dhèidh-se  
 Aig feothas do nàduir,  
 'S gun fhàilne bhiodh d' bhèufsaibh,  
 'S e do ghrinnead 's do bhoichead  
 A leòn i fuidh h èididh,  
 Rinn do mhiog-shuil a caradh,  
 'S a criodh a mhealladh a' creabhaig.

Ge nach innis mi h ainm dhuibh  
 Ni mi dealbh dhuibh a lèubhadh,  
 Gruaidh dheargh mar na caoran  
 'S i fuidh h aodach mar èiteaig,  
 Mala chaol gun bhonn gruamain,  
 Banail, stuama, ro-bhèufsach,  
 Da shuil mheal-shuileach bhoidheach,  
 Mar an neoinain a dèudach.

'S truagh nach 'eil sibh g'ar posadh  
 Mar bu deóineach leibh f'hèin bhi,

Air bhur ceangal gu daingean  
 Fuidh bhannaibh na Cléire,  
 'S criodhail ruiginn air banais,  
 'S a dhaindeoin na h èigin  
 Gu 'n costain mo Thaftan  
 Chionn 's gu faicinn bhur réite.

Ach mun dean sinn riut dealach  
 Biodh againn gealla gun bhrèug uait  
 Ma's duin' thu bhios maithrean,  
 'S gu 'm pill thu fallain na dheidh fo,  
 Nach beo i air thalamh  
 Da 'n ceannaich thu 'm brèidein  
 Ach òigh na 'n rosg meallach,  
 A dh'fhàg thu galach mu d' dhèibhin.

Tha iad uile fuidh thriobloid  
 Thu bhi 'noise g'an trèigfin,  
 Bhi falbh air muir-shàile  
 'S g'ar fàgail do dh' Eirinn ;  
 Ach gabhadh iad misneach  
 'S na bidh iad fuidh èaslain  
 Theagamh 'n tionndaidh an t Athair  
 An triobloid fathaist gu h éibhneas.

Ge d' tha iadsan fuidh mhi-chion,  
 Na biodh-sa fuidh smuairean,  
 Leig dhiot bhi fuidh thriobloid,  
 Glac misneach a's cruadal ;

Guidheam leat mar bu mhaith leam  
 A thachairt gach uaìr dhuit,  
 An TI a chruthaich thu fallain  
 Dhol air thalamh, 's air chuan leat.

---

## ORAN XXXII.

*Molaidh do n Ingbin Arait,*

*Air fonn, Soraidh flan do 'n Aileagan, &c.*

**C**HUNNACAS leam Di-dòmhnaich i,  
 An òigh is boidhche snuadh,  
 Gu'r ghabh mi tlachd co-mor dhi  
 A's gu 'n d' fhògair i mo shuain,  
 Ge d' fhuair mi tamull còmhradh dhi,  
 Tha bròn orm o għluais  
 I uam, 'sgu 'n dh'f hàg i leònadh agam  
 Ga'r bu choir dhamh luadh.

Bu chaomhail, caoineal, cairdeil i,  
 Bu bhla leam feall' a fùl,  
 Mar chraoibh fu' ionlân blàth i,  
 Measg cháich a fàs mar phlùr ;  
 Tha seirceileachd a's ailtealachd  
 Aig dearla ann a'd għniex,  
 Mo dhaimain thu, 's tu 'n t àileagan  
 Th'air chàch a choifin clù.

Tha iomad buaidh dhuit fábharach,  
 Tha diùltadh chaich 's nach gèill,  
 Gur stuama, glic, a h àbhaistean  
 Gach la a fàs ann cèill,  
 Gur sgoileir Beurla a's Gàilic i,  
 Tha 'g àrachadh deadh ghnè,  
 Gur grinn air fuaign'l 's air fàimeadh i,  
 'S a fainne air a meur.

'S lionar buaidh r'a mhineachadh  
 Tha striochdadhbh 'n riobhainn òig,  
 Gur suairce grinn na h intinn i,  
 Fior shiobhalta gun ghò,  
 Gur fialaidh, glan, neo-iargalt' i  
 Ach riaghailteach, cìallach, coir  
 Gur aoighail, caoineal, rianoil i,  
 'S gur cianail guth a beoil.

Mar fmeoraich air ghèig bharraich i,  
 'S a mhadainn dol n'a glèus,  
 Bu bhinne guth na 'n eala  
 'N uair theannadh i re feinn;  
 'N ám tòiseach dhuit, bu shiobhalta,  
 Ro-chionail guth do chlèibh,  
 An ceól o d' bhèul bu mhilfe leam  
 Na fileareachd nan tèud.

Do phog air bħlas nam fiòguisín  
 Mar ibni deud do bheòil,

Do dha ghruaidh dhaite mhin-dearg,  
 A chinn ort mar an rós,  
 Do chiochan corrach, liontachail,  
 'S am fiambh mar fhneachd air lòn,  
 Do mhin-rosg f hlathail, mhiog-shuileach,  
 A mhealladh criodh fir óig.

Do shlios mar neònain f àsaich,  
 No mar eala bhàn na'n tonn,  
 Cuailean dualach far-mhaiseach  
 Á dh' fhàs gu torrach, trom ;  
 Troigh chuimir am bròig innealta,  
 A dh'imeachas le fonn ;  
 Cha lèir dhamh fein cron cumachd dhuit,  
 'O d' mhullach sios gu d' bhonn.

Ge d' bu lionmhòr àilleagan  
 Bha air an t fràid an dè,  
 'Si 'n riobhainn tha mi 'g ràite ribh  
 Is àilte th' ann fan trèud ;  
 A h ainm cha deanainn àichseun dhuibh  
 Cha nàr leam chuir ann cèill,  
 Cathriana òg Nic-Làurain i  
 'S cha b' f hàlfail i 'n 'a bèus.

Na 'm bi tu 'nois' co-f habharach  
 'S nach àichsheun tu mo ghlòir,  
 Gu 'n gleithinn leannan àilte dhuit,  
 Tha 'n cás air t fhaighinn pòsd,

Boinne a t shuil chairdeil è,  
 A dh' fhàs gu h àluinn òg,  
 'S fleasgach suairce, siobhalt' è,  
 'S è shiol na'n daoine còir.

Thaghain-se mar chéilidh è  
 Na 'm bithinn fhein am òigh,  
 A's shiùbhlainn leis mun trèiginn é  
 Gu h èatrom an Roin-eòrp ;  
 Ma 's fior na rinn mi chlàisdin  
 'S tu 's fhearr leis a tha beò,  
 'S o 'n thug e gaol gun àichsheun' dhuit,  
 Thoir gràdh 'na èiric dhò.

Air leam gu 'm bi tu gôrach  
 Mar deònaicheadh tu gluas'd,  
 Le sgealbaire do óig-fhear,  
 Aig am bheil stôr a's buar,  
 Dh 'eireadh madainn reòta  
 'S nach leònadh teas, no fuachd,  
 'S a bhuiineadh 'm fad 's bu bheò é dhuit,  
 Do lòn am bog, no 'n cruaidh.

Chuir mi pàirt an cèill duibh  
 D'ar bêufsaibh rèir 's mar b'eòl,  
 Cha do chan mi brèugan ribh,  
 A's cha do léubh mi bòsd,

Ach sgéul a b' ait leam èisdeachd  
 A bhi ga'r 'n èibheach pòsd,  
 Ga'r gla'sadh 'n glacaibh chèile,  
 Thu fein, is Domhnul Og.

---

## ORAN XXXIII.

*Molaidh do Ian Mac Callum, Saor-chuileachan  
 'nuair dh' fhag e Braidealban do Earraghæl.*

*Air fonn, An darna lath 'n bhliaghne uir &c.*

**F**HIR a shiùbhlas man cuairt  
 Thoir an t foraidh so uam  
 Gu'm chompanach suairce còir  
 Fhir a shiùbhlas man cuairt  
 Thoir an t foraidh, &c.

A dh'fhiös an aileagain ùir,  
 A tha fàgail na dùth'ch  
 Dh' Earradhghæl tha rùn air falbh.  
 A dh'fhiös, &c.

Gur e 'n laoch òg grinn  
 Tha 'n taobh so Chill-fhinn  
 Saor-chuibh'lean co grinn 's tha bëò.  
 Gur e, &c.

'S è do cheann, a's do shùil  
 A's do lamh bu mhaith túr,

Ann 's gach aon ni gu h iùlar còir.  
 . 'S e do cheann, &c.

Dheantadh cuibhle gu sñiomh  
 Leat, a ruileadh gu grinn,  
 Thogadh intinn gach nìonaig òig.  
 Dheantadh, &c.

Air olcas an lìn  
 Bhiodh i sochdrach 's gach tìm  
 'S gun a còs a bhi fgi, no leoint.  
 Air olcas, &c.

Dheantadh còinnleirean grinn  
 Leis co-fine 's th'aig an Ri  
 Chumail còinnl' ann san oidhch air bord.  
 Dheantadh, &c.

Agus Bosdain Thombac,  
 Nach dean pòcaid a shrac,  
 Chumail sòlais a's aiteas shrón.  
 Agus Bosdain, &c.

Ach ma dh' fhàgas tu 'n tìr,  
 'S mor air càlldach a' d' dhi,  
 'S truagh leam gàraich gach rìobhainn òig.  
 Ach ma, &c.

Cha bhi 'n cuibhle gun lèum,  
 Cha ruil iad na 'n stèud,

'S cha sñiomh iad co rëidh 's bu chòir.

Cha bhi, &c.

Thig gach cearb dhuibh a glàodh,  
Fàsaidh 'n dealain co-caol  
Re earbull nigh-mhaol nan còs.

Thig gach, &c.

'S lionar cuibhle gun bhann,  
Agus piurn' air leith-cheann,  
Ann an cuibhl' 's iad gun frann, gun cheòl  
'S lionar, &c.

'O na dh'fhalbh an lamh-fheum  
Bha 'gan cumail ann gléus,  
Dh'fhág sud iomadach tè fui leòn.

O na dhalbh, &c.

'S lionar riobhainn ghlan ùr,  
Agus snitheadh gu dlù,  
Aig fileadh o sùil gu broig ;  
'S lionar, &c.

Caoidh an fhiùrain chuaidh dhinn  
Dh'fhág gu h innealta grinn,  
A cuibhle na still fui' sheòl.

Caoidh, &c.

'S mor an t iongadh leam fhêin,  
Fear do chliù 's do dheadh bhèus,

Dhol a' d' dhùthaich gun chèile phòsd.

'S mor, &c.

'S a luthad òigh bhanail, chiùin  
 Ga bheil stòras a's cùinn,  
 Leis bu deònach do phùs, Ian Oig.

'S a liuthad, &c.

Dheadh Mhic Chalum nam buadh,  
 Chuaidh air choigrich uainn suas,  
 Thoir an t foraidh fo uam ga choir  
 Dheadh Mhic Calum, &c.

---

### CAISMEACHD do luchd nam BREUG, XXXIV.

*Air fonn.* Oran rioghail a Bhòtail.

THA droch fhafan ann a' s tìr fo,  
 Ma ni nionaig, no fear òg,  
 Guth, r'a chèile 'n àite dìomhair,  
 Gu 'n suidh bìnn' orr, agus mòd ;  
 Mu ni fleasgach guth le h eibhlneas  
 As a bhèul re cailin òig,  
 Biodh 'n ceòl is binn' aig luchd nam brèugan,  
 Gu 'n rabh an tè ud, 's fear am fròig.

Ach ge d' a thà iad faigheil èisdeachd,  
 'S maирg a lèubhadh iad mar sgleo,

Thig orr fathaft latha dèurach,  
 'S ni an coguis fein an leòn ;  
 N'ar thèid a għlas-għuib air gach bēul,  
 'S a bhios an crèabhagan gun deò  
 'S fèumail do gach teangaidh bħrèugaich,  
 Bhi am pèin gu siorruidh beò.

Nach tric bhur coguis dħuibh ag innseadh  
 Gun d' theid bhur bínneadh *lath' mboid*,  
 N'ar gheibh sibh mar dħua is bhur pianadħ,  
 Thèid na firinnich gu gloir,  
 Mur creid sibh mi, nach lèubh sibh 'm Biobull,  
 'S è bhì 'g innseadh dħuibh gun ghid,  
 Gu'n d' thèid luchd nam brèug 's a mhio-ruin,  
 Sparradh am priosun dubh a bhròin.

Mur gabh sibh aithreachas le firinn,  
 Tha sibh 'n cunntart pian ro-mhòr,  
 Air laithin għearr' ann leith na time,  
 A's thèid bhur spion a' tir nam beo,  
 'N uair thig an lath' am fuigh sibh dioladħ  
 Anns gach għniomh rinn sibh san fħedöl,  
 Ni bhur teanga fein bhur bínneadh  
 Air son mio-bheufan bhur bedöl.

Mar shaigh'dearan ann arm an Ri sibh,  
 Nach rabh dileas chuir a bħlār,  
 'S ann a ghèill sibh d'ur luchd mio-ruin,  
 'N àite f'id re 'n cuir gu bàs ;

Ge do thug sibh caidreamh dhìreach,  
 Dhoibh gach oidhche agus là,  
 Biadh iad duibh mar bhioradh sgithich  
 Sior dhol ann bhur criodh ann fás.

Thugaibh 'n aireadh, luchd nam breug,  
 A's èisdibh ris na bheil mi 'g ràdh  
 Sibh-se g'a bheil teanga bhèimneach,  
 Agus bèul a ta gun fhàim ;  
 Deanaibh-se bhur glan' o bhèud,  
 'S a chaoidh na gèillibh dh'olc gu brath,  
 'S thugaibh an t-fail a'r fùilibh fein,  
 A's feaird is leir dhuibh dochann chàch.

### CUMHADH DO NIONAGAN NA H-AIRIDH XXXV.

*Air fonn,* A chomuin Rioghail Rùnaich, &c.

THA mife 'n fo an drásta  
 Ag aireamh na bhuil uam,  
 No caileagan air m' fhágail,  
 'S air falbh an dè don airidh,  
 Na'n faolinn nach biodh' pàist ann,  
 'S nach teannadh càch r'a luaidh,  
 Cha dheanain cadul oidch aig baile,  
 A's mo chaileag uam.

'S iomad riobhainn chèuntach,  
 A dh'fhalbh a de do'n ghleann,

Bhitheas an-moch dol a 'n èididh,  
 Gach la gu moch ag èireidh,  
 A dhèuchain co 'n tè 's bèufaich'  
 'S is glèutaicheadh bhith's ann,  
 Cuir na h èigin ud r'a chèile,  
 'S gun an sprèidh ach gann.

'S iomad trà 'g a chàoladh  
 A bheir gach aon dhuibh ann,  
 Air bheagan bith a,s aodaich,  
 Gach oidhch' air chadul ea-trom,  
 Cha 'n fhèud iad a bhi aoigeasach,  
 Ach daonnaн orra greann,  
 'S iad nan sineadh tios na 'n aodach,  
 'S bàdan fraoich fuidh 'n ceann.

'S fèumail do gach aon  
 Bhi re càomhnadh ann fan àm  
 Gach trà g'a chuir gu h èa-trom,  
 Grunndail, gun bhi sgaoilteachail,  
 Ma bhith's ann rìobhainн ghaolach,  
 A bhios faoilidh gun bhi teann,  
 Theireadh càch nach rabh i bèufsach  
 Ge d' bi blhrèug a bh'ann.

Sud an fluagh is gniomhaich'  
 Cha bhi h aon diomhain ann,  
 Bith gach aon re stri dhuibh  
 Co 's moicheadh thèid nan fiambh ann,

Mun sgar an la re h oidhche,  
 'S mun éireadh grian nam beann,  
 Gheibhte iadsan cuir re sniomh,  
 Air cuibhle'dh dheanadh frann.

'N uair thèid an Samhradh èug,  
 A's a chinneas fèur ro-ghann,  
 Bith' in foghradh ag èibheach  
 Gach ni chuir re chèile ;  
 Tearnaidh iad le 'm fèudail  
 Gu lèir do shrath nan gleann,  
 A's thig gach tè le tachdar fein  
 A feathamh 'n dèuchainn theann.

### MOLADH nan GABHNAIN, XXXVI.

**T**HÓIR mo shoraidh dh' ionnsaidh 'n talla  
 Am faighte pailteas caoimhneis,  
 Sios gu lagan Obair-pheallaidh,  
 'M baile bheil na Gabhnain,  
 Ge d' is fad a ghabh iad shios uam,  
 'S tric leam bhi g'an cuimhneach,  
 'S ma bhith's mi beó mun tig Feilmicheil,  
 Bithidh mi shios ac' oïdhche.

Gu dearbh mu bhith,s mi mar is miann leam  
 Théid mi fhèin ga 'm faoineachd,  
 Triallaidh mise choir a bhaile  
 An cluinnte forum ghabhnain ;

‘S cinnte leam gur è mo bheatha  
 Gu ’m leabadh car oidhche,  
 ‘S ge d’ a dh’ fhanainn aca ràidhe,  
 Gheibhinn blàths a’s caoimhneas.

‘S ma tha ‘n dàn dhomh fein a’r faicinn,  
 ‘S gu ‘n tachair sinne còmhladh,  
 ‘S cìnnte leam nach dean finn dealach  
 Gun drama, ‘s gun òran ;  
 Cha bu mhì-uirin, dh’ f hàs mìo-mhodh’l,  
 Thogadh strí mun bhòrd iad  
 Ach na gillean grinne siobhalt,  
 Caomhneal, criodhail, òigheail.

S iomad oig-fhear fearail, taipi,  
 Ghleidhte mach d’ur seòrsa  
 Eadar Gleann-ruaidh, ann Lochabar,  
 ‘S baile Mhic-an-tosaich,  
 Cha bu bhalaich neo-ghrad-charach,  
 Sibh ann cath, no’n còmhrag,  
 Ach na gaifgich thrèunadh, thaipi,  
 Nach bu tais air thòireachd.

C’ uim’ an ceilinn fein, ‘s nach bòsd è,  
 An seòrsa tha mi ‘g ràite.  
 Caimbeulaich a’s Clann-an-tosaich,  
 Thogadh fròl re ard-chrann,  
 Sud am finnadh a dh’ f hàs deòineach  
 Air bhi congnamh Thearlaich ;

‘S ge do ghèill iad fein do Dheòrsa,  
Cha ‘n è sheòrsa b’ fhear leò.

C’ àit’ am bheil è ann san tìr so,  
Gobhain rì, no ôr-cheard,  
A bhuiねadh cìs, no braga gill,  
Ann an innleachd òrd oirbh,  
Dheanta’ brogan leibh do ‘n stàlin,  
Laidir, a’s iad còmhnaid,  
A dheanadh bliaghna gun an càramh,  
Do’n èach is fearr th’ aig Deòrsa.

‘S maith is fiù d’ur bodaich thuatha,  
Duais thoirt dhuibh, a’s pàighidh,  
‘S deas a chuireas sibhse iad uaibh  
Gach uair thig iad do’n Cheardaich ;  
Cha bhi toradh, tàl, no tuadh,  
No fluasaid am bi fàilne,  
Ma bheir iad uatha grainne gùail,  
Nach d’ thèid gu luath a charamh.

Bu ghrinn, a’s b’ eibheinn bhi ga’r léursain,  
Glèufadh a’r cuid àirneis ;  
Le’r gramaichibh nach cailleadh greim,  
‘S iadh air an deanamh ‘n stàlin ;  
Leam bu bhinneadh no bhi ‘g èisdeachd  
Ceòl o thèidibh clàrsach,  
Uird a lèumnaich, builg a fèideadh,  
N uair a thêid mi ‘n Cheardaich

## ORAN XXXVII.

*Molaidh do Ian Caimheul.*

*Air fonn, Cabar-Fèidh.*

**B**EANNACHD do Ian Caimbeul,  
Gur greannar an caraid è,  
Gun d' rinn e 'n oluinn Shàmhraidih,  
Gu h iunnfaicht' a tharruing dhamh ;  
Dh'fhàg e i co-riamhach,  
Na tìthinibh bachlagach,  
Cho-mhìn ghlan, ris an t síoda,  
Le chìreachaibh Sasganach.

'S mor a mùthadh tha re d' linn,  
O thàin' thu nios do'n talamh so,  
Cha 'n 'eil fleasgach ann san tìr,  
Nach 'eil do ghniomh mar fhalluin air,  
Cha 'n 'eil riobhainn, shuas no shios,  
Gun chulaidh ghrinn ga tarruing dhi  
Bu lionmhor breacan, 's fèile ghrinn,  
Ann dè 'n Cill-fhinn sà chlachan orra.

Cha b' ionann thu 's na pròiseagan,  
Bostaileadh bhainisgin,  
Le'n ciribh bearnach sgròbach,  
Gun òrdamh gun laghlaitt orra ;  
Loisgeadh mo chud mòineadh  
G'an rosta re teallach agam,

Fàile 's boladh dòite,  
Re m' shròin fad an lathadh leò.

'S deas an ionframaid gu grinneas  
Th'aig a ghille thaipi ud,  
Stoc na sheafamh, eadar diais,  
G'iomairt air gu h acuinneach ;  
Teine duinte aig' ann a fùrnais  
Air an ùrlar fharasta ;  
A's cìr mun seach ga cuir a steach,  
A gabhail teas a's garaidh ann."

'S ann agad fein tha chungaidh,  
Nach diùlt ann àm tarruìng dhuit,  
Do chìribh daingean dùbailt'  
As ùr air teachd dhachaидh ort ;  
'N uair theannadh tu le dùrachd  
Re fùrd chuir air tapaireachd,  
Bhi luchd nam fiàcla dù'ghorm  
A's smùid dol o'n aisnichibh.

Thug thu barr air gach fear foghant,  
Ann a t obair bharraichte,  
Tha 'n lion co-deas dhuit ris an oluinn,  
'S comasach an gaisgeach thu ;  
Tha thu co chliùteach, riomhach, mhùirneach  
Ann san dùthaich n'a thachair dhuit,  
'S am fad sa mhaireas slàint' a's cùnnagaidh,  
Cha 'n 'eil cùram arain dhuit.

Be sud an t og-fhear spèiseil  
 Dh'has cèillidh glan farasta,  
 D'am bheil gach buaidh a streachda,  
 Gun bhèud bhi re labairt air,  
 Ge d' theannadh mi re bhèusan  
 A chuir an cèill le barantas,  
 Tha iad co-paitl re lèubhadh,  
 'S gur mor dhamh fein an airis dhuibh,  
  
 'S beag an t iongnadh thu bhi grinn  
 A's tu bhi shiol nam barraichean,  
 Caimbeulaich, nach deanadh striochdadadh  
 Ann aon ghniomh mu'n gabhadh iad ;  
 'S mairg a shaoileadh gu'm b'e 'm faoineas  
 A dh'aon daoine bhagràdh ort,  
 A's tu bhi theaghlaich Choire-chaorach  
 Na cinn-fheadhna thartarach.  
  
 'S ceart anois' tha 'n dùthaich  
 O 'n dhlúthraig thu 'n garadh dhuinn,  
 'S tu rinn ar n' èididh ûrach,  
 'S a mhùthadh gu h ealanta,  
 Cha 'n eil nionag chùl-donn,  
 Nach d' rinn do chûngaidd spairiseach,  
 'S gur lionmhòr breacan dùbailt'  
 Air ghiùlan nam fear faramach.  
  
 Gu meal thu fein do chéilidh òg  
 A rinn thu phòs', 's cha 'n aithreach dhuit,

O 'n ghlac thu siol nan daoine còir,  
 Cha chùram stòir, no earrais dhuit,  
 S maith mo dhóchas air gach dòigh  
 Ma's mairrean beò Achaladair,  
 Gun glèidh è cógnadh dhuit o Dheòrsa,  
 Chunbhail lòin, a's arain riut.

---

### Ó R A N *Do Cheilidh.* XXXVIII.

*Air fonn.* Phegie mhìn mheal-shuileach, &c.

T HA mulad mor ga m' shàrach,  
 Nach faigh mi dol do 'n àiridh,  
 'S cha 'n fhaod mi bhi ga ràite,  
 Air eagal cach ga leùbhadh.

### *Luinneag*

Mo chailin ghrinn, mheall-shuileach, dhubbh,  
 'S toigh leam fhein cruinneag a chruigh,  
 Chailin ghrinn, mheall-shuileach,  
 Air m' fhalluinn thug mi spéis dhuit.

Cha 'n è nach bu mhia nach leam  
 Gach oidhche luidhe finte riut,  
 Ach m' inntin a bhi 'g innse dhamh,  
 Nach striochdadhd tu san éu-coir,  
 Mo chailin ghrinn, &c.

Tha 'noise bliadhna a's corr,  
 O 'n dhùraiginn do phòsfadh,  
 'S tha 'n gaol a thug mi 'n tòs dhuit  
 An diu co-beò san céid là,  
 Mo chailin ghrinn, &c.

N' am bi mo chruinneach deòineach,  
 Cha chumadh Cléir, no itôl mi,  
 Ach dh'fhalbhain leat a m' eòlas  
 A phòsfadh do Dhùn-èidin,  
 Mo chailin ghrinn, &c.

Thugas gaol ro-òg dhuit,  
 Nach treig mi 'm fhad 's is bed mi,  
 An dùil re t fhaighinn pòida  
 Le deòin a's toil na Cléire,  
 Mo chailin ghrinn, &c.

Tha gruaman air mo chàirdibh,  
 Gu'n d' thugas gaol th'air chach dhuit,  
 Ach c'uim' an deanain t aichsheun'  
 'S gun d' thug thu gràdh da rëir sud.  
 Mo chailin, &c.

Dh'innsin dhuibh a h aoigeas,  
 A gruaidh cho-dearg san caoran,  
 'S a da fhùil mheallach, chaogach,  
 Fuidh mhala chaoil na Pèacaig,  
 Mo chailin ghrinn, &c.

A bragad dearlach, riomhach,  
 Mun àilte thig an sioda,  
 'S a brollach corrach chiochain,  
 Is gile fiamh no 'n èiteag.

Mo chailin ghrinn, &c.

Do phòg air bhlas nam figeis,  
 O d' bìul dh'fhàs meachair siobhalt,  
 'S è mhòid fa fhuair mi d' bhriondal,  
 A ghoid an criodh a m' crèabhaig.

Mo chailin ghrinn, &c.

Cha'n è mòid do phòrsain  
 A dh'fhàg mo chion co-mòr ort ;  
 Na'm faighin thu re phòsfadh  
 Cha stòr a bha mo dheidh air.

Mo chailin ghrinn, &c.

Caimbeulaich do sheòrsa  
 Am fineadh riogail, mor-chuiseach,  
 Thogadh Piòb, a's fròiltean  
 A's air an tòir nach geilleadh.

Mo chailin ghrinn, &c.

•N uair għluaiseadh thu le d' shoithichibh,  
 Do'n bhuaillidh ann fan fhoghradh,  
 Bi 'n t àl a teachd nan graidhinn,  
 Air do dhiaghaidh ann sa ghèimnich.

Mo chailin ghrinn, &c.

‘S air fuidhe dhuit bu ghuanch thu  
 Bleòdhan a chruidh Ghuail-fhinn,  
 Ceòl bu bhimmeadh chualas,  
 Do dhuanagan ga’n èisdeachd.

Mo chailin ghrinn, &c.

Chuaidh gach neach gu’n dùlan,  
 Gu’n tionndainse mo chùl riut,  
 ‘S a dh’aindeoin na bha s, dùthaich  
 Cha diùltains’ thu mar Chèilidh.

Mo chailin ghrinn, &c.

Le mhoid ‘s a thug mi ‘m rùn dhuit ;  
 Gu’m faicin bhi ga d’ phùsfad,  
 ‘S fear eil ‘m bannaibh dlù riut,  
 Mu’n dùràigin do thrèigsin.

Mo chailin ghrinn, &c.

## C U M H A D H      XXXIX.

*Le Fleasgach arait, do Riobhain Oig.*

*Air foin, Thugas ceist do mhnaoi ghafta.*

**T**HA mise ‘n fo ‘m aonar  
 Aig gabhail nan ròidean leam fein,  
 Tha mulad ga m’ shàrach,  
 Sior-chuimhneach na dh’fhàg mi a’ m dhèidh :

S mor gu 'm b' annsadhbhi m' bhuaachaill  
 Mèri m' chaileaig a cuairteacheadh 'n trèud,  
 No bhi triall chum nam bodach,  
 Air choigrich 's mo chorran fuidh m' sgèith,  
  
 Tha m' inntin ga mùchadh,  
 A fàgail na dûthcha, 's tu 'm dhèidh,  
 'S tric mi 'gamharc na h àiridh  
 Far am b' àbhaist do m' ghràdh bhi re sprèidh,  
 'S minig bha mi 's tu siúgradh  
 Ann fa ghleannan am bùthan leinn fèin,  
 'S mi m' chadul gu dlù riut  
 Gun chùram a ùladh, no Clèir.

Dìreadh mach Lairig-ìli,  
 Gun mhinsneach tha m' inntin ro-throm,  
 'S tric smuaintin air m' aire,  
 Mun riobhain is baraileadh cònn,  
 Gur è mhead 's thug mi m' ghràdh dhuit  
 Dh'fhàg m' inntin gach là dhe' gun fhonn,  
 'S tric mi 'n comhnuidh ag osnaich,  
 'S tha mo chriodh air a lot ann a m' chom,  
  
 'S beag an t ionghnadh mar thà mi  
 Agus m' inntin gach là rium a sìri,  
 Mu 'n riobhainn is áilta,  
 'S fear eile ann an càs a toirt dhiom,  
 Ach ma nìtheart leat m' fhàgail  
 'S nach tionndaidh thu trà rium ann sìth,

B'fhearr dhomfa bhi 'n fàs  
 Ann an glacaibh a bhàis, no bhi d' dhi.

Thoir fios chum nan Càirdean,  
 'S gach neach leis am b' àill a toirt uam,  
 Ma's mise a's fearr lea  
 Gu'n d'fhuirich mo ghràdh-sa dhi buan,  
 'S mar dean thu fein m' àichshheun',  
 Gus an deànthal mo chàramh 's an uaigh,  
 Tha mi 'n dòchas, 's am barail  
 Nach eil beò neach a mheallas mi uait.

Ach ma thog thu do shàil rium,  
 'S gun a thionndaidh thu 'n gràdh sin gu fuath,  
 'S misde mise, 's cha 'n fheard mi,  
 Mhèud sa rinn cach rium a' d' luaidh,  
 Ma nithear leat m' àichsheun,  
 'S fear eile nach fhearr ga d' thoirt uam,  
 'S è do ghaol bheir mo bhás-se  
 Agus nithear leat m' fhagail a' m' shuain.

Thugas gradh 's mi ro-òg dhuit  
 Chuir Bliadhna' agus lò mi ann aois;  
 Cha 'n airgiod 's cha 'n òr,  
 Air an rabh mi ann tòir, ach do ghaol,  
 Ge bu leamsa gach stòras  
 A tha ann san Roinn-eorpa so faor,  
 'S mor gu 'm b'fhearr a bhi d' phògadh  
 Ann an leabaidh, 's mi pòsda re d' thaobh.

Cha 'n iongnadh mise bhi 'n tì ort  
 'S tu 's-deirge, 's a's mìn-ruitich gruaidh,  
 Tha do dhèud mar na dísnean  
 Ann a' d' bhèul a dh'fhàs firinneach, suairc,  
 Tha do phòg mar na figeis,  
 Ge b'e gheibheadh le siochaint i uait,  
 'S tha do bhian geal fuidh 'n t sioda,  
 Mar a neóinean a cìnntin feadh bhruach.

Ach marbhaifg air na brèugaibh,  
 Gur mor tha ga 'n lèabhadh gach lò',  
 'S cha lagh bheir dhoibh èisdeachd  
 'S a chreidis nach èa-coir an glóir ;  
 Thog iad oirne gu h èa-ceart  
 Gu'n rabh sinn ro-rèidh air gach dòigh,  
 'S truagh nach b'fhùrinn gun bhrèug e,  
 Ge do bhiodh-maid ga'r n èibheach gu stòl.

---

### O R A N    XL.

*Do Fhleasgach arait air dhà bhi dol a phosadh,*  
*Air fonn. Leam is aigheara' chèilidh*  
*Rinneas ma'riut a shèumais, &c.*

**G**U 'm bu slàn, 's gu 'm bu h aoibhin  
 Do'n fhleasgach ghlan spèiseil

Għluais ann comħdha l-a chèilidh di-mäirt leinn.

Għluais ann, &c.

‘Se mo dhùrachd gu ’n ēireadh  
Do chūis in gu rēidh leat,

‘S do choinneamh bhi rēir mar a b’āill leat.  
‘S do choin, &c.

Oig-fhear finealta, trèun thu,  
Ga bhui tuigs’ agus rèufsan  
Bu phailt ciäll, agus bèufsan a’s nàire.

Bu phailt, &c.

Mo chompanach suairc’ thu  
Ann’s gach coinneadh a’s gluasad  
Nach rabh doilleir, no bruaidleanach àbhaist.  
Nach rabh, &c.

Ach iùlar, ro-chaoineal,  
Lan do thùr ’s do dheadh òilean,  
Ann ’s gach cuis bu tu-raodh ’n fhir-cheairde.  
Ann ’s gach, &c.

Cha ’n iùl dhamh ‘s an tìr fo  
Na bhuiteadh brag-gill ort  
‘N uair a thairnte a ghilbh, a’s an tāl leat.  
‘N uair a, &c.

‘N uair dheanadh tu, ghlaċadħ  
Lochdar caol an fhaobh r sgaitiċċ,

‘S i do lamh ann ‘s nach fhaighe am failne.

‘S i do lamh, &c.

Bha mi eòlach ma ‘n cuairt duit

‘S cha ‘n fhacas, ‘s cha chualas

Riut coire ga luaidh, no ga ràite.

Riut coire, &c.

Ach siobhalt‘ a‘ d‘ għluafad,

Soimheadh, firinneach, suairce,

Mar bha ‘n stoc o’n a bhuaint a’s o’n dh’

Mar bha, &c. (fhàs thu

‘S e thu dh‘fhalbh uainn as t eòlas,

Tha mar ionghna mor oirne,

Ciod e chuir thu a phòsfadh do ‘n bhràidh.

Ciod e, &c.

‘S a liuthad òigh bhanail, chliùteach,

Tha chomhnuidh ‘s ann dùthaich,

Ga bheil stòras, ‘s a dhùraigeadh gradh dhuit.

Ga bheil, &c.

‘S a shiùbhladh ‘n Roinn-eòrpa

Chionn t fhaighinn re phòsfadh,

Ciod e ‘m fath bhi ga chomhradh an dràsta.

Ciod e, &c.

Tha iadsan dheth brònach,

Agus ise ann ‘n sólas

A fhuair an diù pòsda air làimh thu.

A fhuair, &c.

O' na ghlac thu do chèilidh

Gu meal thu dhuit fein i

'S gu bu maithrean le chèile bhur làithean.

'S gu bu, &c.

---

## O R A N XLI.

*Eadar Poit-fhear agus a Bhean.*

*Air fonn, Throit mo bhean 's gun throit i rium.*

TURAS dhamhsa mach air chuairt

San tigh-òsda' tionndadh chuach,

Thànuig a bhean orm le gruaim,

'S cha bi 'n uair a b' fhearr a bh'ann.

*An Luinneag.*

Bhean gu'r olc a throid thu rium,

Ge do dh'ol, 'sa phàidh mi dram,

'S minig thug mi botal leam,

Chuireadh sùnnidan ann a' d' cheann.

Ge do dh'fhanginn oidhch' ag òl,

Màri Còmpañich mu'n bhòrd,

Thiginn dhachaidh ciatach, còir  
 'S b' olc an seòl dhuit trod san àm.  
 Bhean gur olc, &c.

*A bhean*

Labhair i gu sgaiteach, gèur,  
 A mhisgeir dhona' air bheag cèill',  
 'S minig thàin' thu dhachaidh a' d' bhèist  
 Gur neo-bhéusach leam do chàint.

Bhean gur olc, &c.

*Am poit-fhear*

A bhean nach labhair thu gu fòill  
 'S tuill' is fearbh leam fèin do ghlóir,  
 'S fiunnaireadh no goimh an reót  
 Gaoth do bheòil a trod gach àm.

Bhean gur olc, &c.

*A bhean*

Cha 'n iøngnaddh dhomh bhi trod gach lò,  
 'S tric do theaghlaich air bheag lòin,  
 'S thusa tuairneaireachd air bòrd  
 Sgapadh òir a mach n'a dheann.

Bhean gur olc, &c.

*Am poit-fhear*

Cha 'n fhior an sgèul a rinn thu rádh  
 'S tric thu labhairt gun chion-fàth;

Chum 's gu bith tu 'n àite tàimh,  
 'S cumantadh mo làmh fa chrann.  
 Bhean gur olc, &c.

*Abhean*

'Nuair bhi's taftan ann a d' phòc  
 Falbhaidh tu leis do'n tigh-òsd  
 'S b' fhèumaileadh n'a bhi ga ol  
 Chuir ann lòn do d' phàisidibh fànn.

Bhean gur olc, &c.

*Am poit-fhear.*

Dheanainn dram a phàighidh, 's ól,  
 'S am sad fa mhaireas flàinte 'm choir,  
 Chumainn fàbhalta reir beò  
 Le deagh lòn, thu fèin 's do chlann.

Bhean gur olc, &c.

*Abhean*

Ach mo leanas tusa 'n tol  
 Teirigidh do cluid, struighidh t fheòil,  
 Cumaidh 'n toll a tha fuidh d' shròin  
 Chaoidh do phòc gun pheidhin ann.

Bhean gur olc, &c.

*Am poit-fhear*

Ge do dh'òlainn dram mar chàchi,  
 Thiginn dhachaidh 's dheanainn stà

Chumain min a's bainne blàth,  
Im, a's càise riut nach gann.

Bhean gur olc, &c.

*A bhean*

'S tuilleadh 's mor leam fein do bhòsd,  
'S gniomh a dhearbas, a's cha ghlòir,  
Gus an leig thu dhiot an t öl  
'S coma' leam do bhòilich chàint.

Bhean gur olc, &c.

*Am poit-fhear*

'S tric thu maoidheamh orm an öil,  
'S air leam fein gur olc do sheòl,  
'S geal do bhrèid, 's is dnbh do bhròg.  
On la phòs thu mi air láimh.

Bhean gur olc, &c.

*A bhean*

No'n seafadh tusa a t fhàrdaich fein,  
'S fuireach bunaiteach ri glèus,  
Chaoiadh cha troidinn riut cho-ghèur  
'S bhi-mid rèith o àm gu àm.

Bhean gur olc, &c.

*Am poit-fhear*

'S iomad ùmaidh pait do stòr,  
Pathadh, 's tart ga losgadh beò,  
'N uair bhi càch a dol a dh'òl  
Theicheadh eas' am froig no 'n stàing..

Bhean gur olc, &c.

## A bhean

‘S olc an cleachda’ do dhuin óg  
 Ga bheil curam tigh’ a’s brôid,  
 Fuireach seachdean a ‘s tigh-òsd  
 Cuir re pòiteaireachd air liunn.

Bhean gur olc, &c.

## Am poit-fhear

‘S maith an t each nach fleadhnuich cèum  
 Ann an tùs, no’n deireadh rèis  
 Faodaith tuisle teachd, a bhèum,  
 Air na bêufsaibh ‘s fearr a th’ann.

Bhean gur olc, &c.

## Mab-na-brach

Thuirt Mac-na-brach, an gaisgeach còir,  
 Bhean, leig dhiot do chonn-stri mhor,  
 ‘S fagaidh mise an Raoinn-eòrp  
 Chaoiadh cha tig mi a d’ chòir a nall.

Bhean gur olc, &c.

## Am poit-fhear

Na falbh a nochd, ach fan gu lò,  
 ‘S ann fa mhadaidh bi ‘n ar còir,  
 Thig gur leabaidh, ‘s thoir dhuinn pòg  
 A dh’fhogras a ghoimh as ar ceann.

Bhean gur olc, &c.

## ORAN No Luinneag. XLII.

*Air fonn.* O' cuir a nall àm Bòdach &c.

An Luinneag

BHEAN an tigh' gradh thog ort  
 'S aifig a nuas thugainn botal,  
 'S òlaidh sinn gu criodhail deoch  
 A chuir na bochdain as ar cùimhn'.

Olaidh-maid gu fùnnfach, ceòlmhor,  
 Am feadh 's a mhaireas òr 'n ar pòcaibh  
 Oir cha d' thèid a bheag d'ar stòras  
 Fuidh na fòidibh chàramh lein.

Bhean an tigh, &c.

Ge do bhiodh air sporain falamh,  
 Chi sinn airgiod air gach balla,  
 Lioñhar suas na cuachan baraicht  
 Chùnbhail fuachd an Earrach dhinn.

Bhean an tigh, &c.

Cha bhi sùbhachas, no fòlas  
 Far nach faicear air a bhòrd e,  
 'N spiorad grinn sin Mhic-an-Tòsaich,  
 Chairteas a mach bròn, a's caoidh  
 Bhean an tigh, &c.

Sud i 'n ioc-shlainte ghlan, àluin;  
 Bhi ga h òl a gloinibh dearlach,  
 'S mireagach trè m chliabh è tearna  
 Fada blath's air feadh mo chùim  
 Bhean an tigh, &c.

Suidhidh-maid gu guanach ordamhail,  
 Fògraiddh-maid uain gach breôtaichd  
 Cha'n 'eil èagail tha 'n ar coir  
 Nach leighis pòg a chopain duinn.  
 Bhean an tigh, &c.

Glacadh-maid ar fath thoil inntin,  
 Ciod e 'm fath dhuinn bhi d'ar pianadh  
 Gheibh sinn mar nach caith sinn nì  
 A's cha bhi dì oirne a chaoidh.  
 Bhean an tigh, &c.

'S lionmhòr iad a tha gun suaimhneas  
 Stri re ster a dheanamh suas,  
 'S am fear a shaoileas a bhi 'n uachdar  
 Tha e 'n grund a chuain fu' thùinn  
 Bhean an tigh, &c.

'S iomad fear a thaifg na ciadan  
 Nach d'òl Taftan ann fa bhliaghna,  
 'S theich a bheartas air a sgìaththaibh,  
 Ris an t-sliabh nach b' aithne dhùinn.  
 Bhean an tigh, &c.

Neach a's paitt a tha do earras  
 Ge d' nach òl e casg a phathaidh,  
 Faodaidh e le galar Eearraich  
 A bhi falamh gun a shùim.

Bhean an tigh, &c.

'N uair a chruinneacheas sinn còmhladh,  
 'S coileach dubh againn air sgórnan,  
 Beannaichidh sinn dha le h òran,  
 Luinneag cheolmhor a bhios binn.

Bhean an tigh, &c,

Na h uile fear 's a chaileag bhoidheach,  
 Ann a achlais 's e ga pògadh.  
 Goide siucar as a phòc dhi  
 'S gloin ga h òl oirre do'n fhiòn

Bhean an tigh, &c.

Am fear aig am bheil riogh'chd do'n t faoghal  
 Tha e'n tì air tuille fhaotuin ;  
 Ach gheibh finne biadh, a's èudach  
 'S cha d' thoir eas' a mhaoin do'n Chìll ;

Bhean an tigh grad thog ort  
 A's aifig a nuas thugainn botal  
 'S olaidh sinn gu criodail deoch  
 A chuir na bochdain as ar cuimhn'

## ORAN XLIII.

*Air a Gaidhlig agus air a Phiob Mhor.*

*Air fonn, Leum is Aighearakh chéilidh.*

**T**HA 'n coinan glan runach,

'S na laithe fo dùsgadh.

Gu h aithreach, sunntach, le h àrd-cheòl.

Gu h aithreach sunntach, le h ard-cheòl.

Bithidh 'n cruinneachadh dumhail,

Teachd a steach as gach duthaigh,

Na fir aigeanach shunntach, neo, sga'thach,

Na fir aigeanach, &c.

Dhuisgeadh fonn, 's cho b'e 'n tuchan,

Ach piôboireachd shurdail,

Le dian chaiream dlu, a com gaireach;

Le dian chaiream, &c.

'S dionach nualan a' a fèdain,

Riobhaid ghrinn, is i freagach

Ann an sinnsear bu cheillearach failte;

Ann ann sinnsear, &c.

**C**aifmeachd mhuirneach, dh'fhas soilleir,

Meoir luthmhor a' pronnadh,

Cruaidh phun-gannan loinneara arda,

Cruaidh phun-gannan, &c.

'S i phiòb ceòl is priosail.  
 Tha r'a fhagail san rioghachd,  
 'S i Ghaidhlig is binne gu mannan,  
 'S i Ghaidhlig is binne, &c.

'S i cann'uin is clùitaich,  
 Gun fhailean bhi dludh' dhi,  
 'S i labhradh o thus ann fa ghàradh;  
 'S i labhradh o thus, &c.

Ann an àros nan fèud,  
 'N ràibh aigheir, is àoibhneas,  
 'S i cainnt a rinn *Eubha* re *Adhamh*.  
 'S i cainnt a rinn *Eubha*, &c.

Tha i sunntach, ro cheolmhor.  
 'S i fonnmhor gu orain,  
 'N am suidh 's tigh-ofta' 'm bi 'n taileise;  
 'N am suidh 's tigh-ofta, &c.

'S i is binn fhoclaich comhra',  
 'S is grinne gu foghlum,  
 'S i chainnt a bh'aig, *Noah*, san Aircé;  
 'S i chainnt a bh'aig' *Noah*, &c.

'N uair chuaidh sìa teachdoirean caomh-sin,  
 Air ordu' n Tì naomha,  
 'S i labhradh le *Maois* is le *Aaron*;  
 'S i labhradh le *Maois*, &c.


- Teachd a mach as an tìr sin,  
 Anios trid an dithreabh  
 'S i chann iad clann *Israel* san fhasach ;  
 'S i chann iad clann *Israel*, &c.
- 'S i bhitheas ann uachdar,  
 Air gach cann'uain a luaidhear,  
 Am feadh bhios duine, na fluagh ann gun bhaf.  
 Am feadh bhios duine, &c. .... (ach.)
- Gu mu flan do na h uaiflibh  
 Tha gu fireannach suairce,  
 Cumail ceartais gach ùair ris a Ghaidhlig,  
 Cumail ceartais gach uair, &c.
- 'S aig' orducha duais,  
 Do'n neach as fearr a ni buannachd,  
 Leis an talann a fhuair e, a phairteach,  
 Leis an talann a fhuair e, &c.
- Tha 'noise gu reidh dhuinn',  
 Comas aim, agus eadaidh,  
 Fhuair sinn breacan an fheile mar b'abhaist,  
 Fhuair sinn breacan an fheile, &c.
- 'S mor adhbhar ar 'n aoibhneis,  
 'S àrd' a dh'fheudas sinn leuma,  
 Dh'fhalbh an speireach uath'r sleisín, chuir  
 Dh'fhalbh an speireach, &c. .... (cach oirn)


Ge do thrial sinn fui' ar'n eadaidh,  
*Sasgan, Albhain, is Eirinn,*  
 Co'n duine le beum, a bheir tair dhuinn,  
 Co'n duine le beum, &c.

'S gur lion-mhor laoch treun,  
 Tha dhaindeoin luchd beurla,  
 Na'n seasamh mur sge' do na gaidheil,  
 Na'n seasamh mur sge, &c.

Gu mu slan, 's gu ma h àoibhin,  
 D'ar 'n uaislibh gu leir  
 Tha 'n guailaibh a cheile 'n ar pairtibh.  
 Tha 'n guailaibh a cheile 'n ar pairtibh,

## C R I O C H .









**SANDEMAN LIBRARY  
PERTH**

PRESENTED BY  
ALEX. CAMPBELL OF BORELAND,  
FEARNAH.  
PER WM. ANGUS, 69 COUNTY Gdns.  
EDINBURGH.



